



ALBA | CHRUTHACHAIL

Alba Chruthachail Plana Bliadhnail 2017/18



ALBA | CHRUTHACHAIL

© Alba Chruthachail 2016

Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo a mhac-samhlachadh ann an cruth sam bith às aonais cead sgrìobhte ro-làimh Alba Chruthachail.

Co-ionannachd Chothroman

Tha Alba Chruthachail a' cur poileasaidh co-ionannachd chothroman an gnìomh. Tha slighe inntrigidh ciorramachd aig na h-oifisean againn. Faodar foillseachaidhean sònraichte fhaotainn sa Ghàidhlig, Albais, clò mòr, Braille no cruth claidinn.

Cuiribh fios gu Ceistean air 0845 603 6000.
Cuiribh 18001 ron àireamh fòn aig Typetalk.
Do luchd-cleachdaidh BSL, cleachdaibh www.contactscotland-bsl.org

Tha am plana seo air a thoirt gu buil ann an cruth eileagtronaigeach le Alba Chruthachail – feuch gum beachdaich sibh air an àrainneachd agus na clò-bhuailibh e mura fheum sibh.

Tha ur beachdan air ais cudromach dhuinn. Leigibh fios thugainn air ur beachd mun fhoillseachadh seo air post-d gu feedback@albachruthachail.com

Clàr-innse

2

Ro-ràdh

5

Ar Dleastanas

6

Maoineachadh, Tagradaireachd,
Leasachadh agus Buidh

12

Prìomhachasan Ealain, Sgrìon agus
Gnìomhachasan Cruthachail
thar an ath 12 Mios

24

Bhith nar Buidheann Co-obrachail

27

Geàrr-iomradh Buidseit 2017/18

35

Stiùireadh Planadh is Coileanadh

36

Coileanadh mu choinneamh ar n-Àrd-amasan
2017/18

42

Libhrigeadh Bhuilean Nàiseanta

Ro-ràdh

Is e Alba Chruthachail am buidheann poblach nàiseanta a tha a' cur taic ri ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail air feadh gach pàirt de dh'Alba às leth gach neach a tha a' fuireach, ag obair no a' tadhal an seo.

Tha sinn ag iarraidh Alba far a bheil gach neach gu gnìomhach a' cur luach air agus a' comharrachadh ealain agus cruthachalachd mar bhuille-cridhe ar beatha agus an t-saoghail sa bheil sinn beò; a tha gu bitheanta a' leudachadh a mhac-mheanmhainn chruthachail agus dòighean air nithean a dhèanamh; agus far a bheil na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail misneachail, ceangailte agus a' soirbheachadh.

Tha sinn a' toirt Plana gu buil gach bliadhna, a tha a' mìneachadh ar buidseatan, ar raointean prìomhachais san obair agus a' mìneachadh na h-obrach a bhios sinn a' libhrigeadh thar nan ath 12 mìosan airson taic a thoirt do na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail agus gar solarachadh le bun-loidhne airson aithris mu choinneamh ar coileanadh gach bliadhna.

Tha ar coileanadh mu choinneamh ar Plana Bliadhnail air aithris gach bliadhna san **Ath-sgrùdadh Bliadhnail**. Tha an t-ath-sgrùdadh a' tarraing air dàta air a sholarachadh leis na buidhnean agus pròiseactan a tha sinn a' maoinachadh agus a' solarachadh anailis sreath-cinn a tha sinn an dòchas a bhios feumail do gach neach a tha ag obair ann an roinnean gnìomhachsan cultarach is cruthachail.

Tha ar plana 2017/18 a' leantainn air adhart a' cur taic ri libhrigeadh air ar plana 10-bliadhna **Fuasgladh Comas, Gabhail ri Glòir-mhiann** a chaidh fhoillseachadh ann an 2014.

Tha am plana a' cur taic ri cleachdadh ùr-ghnàthach tarsainn ailtireachd, ceàird, dannsa, deilbh, film, geamannan, litreachas, ceòl, sgrion, telebhisean, aodaichean, theatar, ealain làirsinneach agus mòran chuspairean cruthachail

eile – a tha fa leth a' cur ris a' Phrògram airson ceithir colbhan an Riaghaltais: Inbheisteachd ann an Daoine agus Bun-structar, Ùr-ghnàthachadh, Fàs Ion-ghabhalach agus Conaltradh Eadar-nàiseanta.

Tha cruthachalachd na forsa riatanach ann an saoghal an latha an-diugh. Tha atharrachadh sòisealta, poiliteigeach, teicneòlasach, àrainneachdail agus eaconamach a' toirt buaidh air daoine anns gach àite. Mar threòraichean a' tarraing bòidhchead, beachd-smuaintean agus mac-meanmhainn do ar beatha, is urrainn do luchd-ealain agus daoine cruthachail cuideachadh le sunnd is seasmhachd a ghintinn ann an amannan caochlaideach. Tha iad cuideachd a' cur gu mòr ri ar co-chomann, eaconamaidh agus misneachd chultarach, uile nam feartan cudromach ann an comasachadh dhaoine gu bhith a' coileanadh beatha thoilichte agus shàsaichte.

'S e deagh sgeul a th' ann an ealain is gnìomhachasan cruthachail na h-Alba. Tha mòran luchd-ealain iongantach is luchd-cleachdaidh cruthachail againn a' toirt obair aig ìre chruinneil gu buil bho gach oisean de dh'Alba. Ann an 2016, bha barrachd iomairtean clàraichte anns na Gnìomhachasan Cruthachail (15,420) na a bh' ann an Turasachd Sheasmhach (14,090), agus mòran a bharrachd na roinnean Lùth (3,995) agus Saidheansan Beatha (535). Tha Gnìomhachas an Sgrion a' buileachadh gu na h-ìrean as tairbhiche aca ann an Alba le ìrean gun choimeas de chaiteachas buileachaidh Film agus TBh nas motha na £52m, agus 's e deagh naidheachd a tha sin don roinn sgrion ann an Alba agus dhaibhsan a tha ag obair na lùib.

Am-bliadhna, bidh sinn a' coileanadh ùrachadh air ro-innleachd, airson a bhith crìochnaichte ro dheireadh 2017/18. Tha sinn airson mìneachadh nas fheàrr an ceangal eadar roinn làidir nan gnìomhachasan ealain, sgrion is cruthachail air am maoinachadh gu poblach agus an luach sòisealta, cultarach is eaconamach a tha iad a'

liubhairt do bheatha gach aon againn. Minichidh sinn nas motha ar dleastanas leasachaidh is comasachaidh agus a' neartachadh mar a bhios sinn ga liubhairt – nì a tha sinn a' faicinn deatamach ann an amannan a tha fo chuideam leantainneach air ionmhas poblach.

Mar Bhuidheann Poblach Neo-Roinneil (NDPB), tha sinn ag obair taobh a-staigh crìochan Prògram Riaghlaidh Riaghaltas na h-Alba. Tha an Ro-innleachd Chultarach Nàiseanta ùr airson Alba, a tha gu làithreach aig ìrean tràth leasachaidh le Riaghaltas na h-Alba, na chothrom air ciall a dhèanamh den adhbhar gu bheil ealain cudromach agus mar a tha cultar agus na gnìomhachasan cruthachail a' cur ri raon fharsaing de raointean poileasaidh riaghaltais.

Tha sinn ag obair cuideachd còmhla ri Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean eile air cuideachadh le Aonad Sgriona àrdaichte a leasachadh taobh a-staigh Alba Chruthachail, a' nochdadh aon de na dealasan dèante anns a' Phrògram airson Riaghladh, foillsichte ann an 2016.

Gu h-iomlan, tha ar buidseatan Grant in Aid nach robh barantaichte am-bliadhna air fuireach seasmhach san fharsaingeachd. Mar sin, tha sinn air a bhith comasach ar Maoineachadh Cunbhalach a chumail suas do 118 buidheann air an gabhail a-steach do mhàileid 2015-18, mar a chaidh a phlanadh.

Tha sinn taingeil do Riaghaltas na h-Alba airson na taic seo, a tha ag aithneachadh Alba mar nàisean chruthachail a tha cumhachdach agus mac-meanmhainneach, a' toradh obair chruthachail àrd-chàileachdail, a' tarraing agus a' fàs luchd-èisteachd air feadh Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.

Is e an ath chuairt de Mhaoineachadh Cunbhalach 2018-21 am prìomh fòcas do dh'Alba Chruthachail am-bliadhna, don d' fhuair sinn tagraidhean sa Ghiblean 2017. Bidh sinn ag ainmeachadh sin nas fhaide air adhart sa bhliadhna aon uair 's gu bheil dreach buidseat an Riaghaltais air ainmeachadh.

Mar riarraiche a' Chrannchuir Nàiseanta, tha sinn a' cur taic ri raon fharsaing de phròiseactan tarsainn gnìomhachasan nan ealan, sgrìon agus cruthachail agus tarsainn gach pàirt de dh'Alba, a' cur taic ri adhbharan matha agus a' dèanamh diofar deimhinneach ann am beatha dhaoine. Tro

Mhaoineachadh Phròiseactan Fosgailte, tha sinn air taic a chur ri 1,244 pròiseact on Dàmhair 2014, le £26.5m de mhaoineachadh a' Chrannchuir Nàiseanta.

Gu làithreach, tha teachd-a-steach bhon Chrannchuir Nàiseanta fo chuideam. Tha lùghdachadh san amharc ann an teachd-a-steach a' Chrannchuir Nàiseanta a' ciallachadh gu bheil ar buidseat Maoineachaidh Phròiseactan Fosgailte 2017/18 air a shuidheachadh aig ìre nas ìsle na sna bliadhnaichean a dh'fhalbh. Tha teachd-a-steach a' Chrannchuir Nàiseanta air a bhith ag atharrachadh san àm a dh'fhalbh, agus tha sinn ag obair le Riarraichean eile a' Chrannchuir Nàiseanta gus mothachadh a thogail do na h-adhbharan matha a tha a' faotainn buannachd bho reic air tiogaidean. Leanaidh seo air adhart mar fhòcas dhuinne ann an 2017/18 agus às a dhèidh.

Tha buidseat Iomairt Ciùil Òigridh a tha air buannachd fhaighinn à inbheisteachd iomlan de £109m le Riaghaltas na h-Alba bho 2007, air a lùghdachadh 10% gu £9m le Riaghaltas na h-Alba ann an 2017/18. Ged a tha seo na dhùbhlán, bidh sinn ag obair gu deimhinneach le com-pàirtichean nan Ùghdarrasan Ionadail gus leantainn air adhart a' lìbhrigeadh lèirsinn, amasan agus builean Iomairt Ciùil Òigridh, a' togail air na thathar air a choileanadh gu ruige seo.

Tha a' bhliadhna a dh'fhalbh air a bhith na bliadhna de dh'atharrachadh poilitigeach san do bhòt an RA an t-Aonadh Eòrpach fhàgail. Tha na buaidhean a thig à buil Reifreann an EU fhathast rim faicinn. Gus tuigsinn mar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt, choimisein sinn rannsachadh gus a mhapadh mar a tha na roinnean againn gu làithreach a' faotainn buannachd às an Roinn Eòrpa agus draghan dhaoine a thaobh an ama ri teachd a thuigsinn. Chaidh cùisean a thogail mar shiubhal agus gluasad saor le daoine; ceanglaichean, co-riochdachaidhean agus iomlaid eadar-nàiseanta; riaghailtean malairt agus ruigsinneachd air margaidean eadar-nàiseanta; mì-chinnt mu mhaoineachadh; luchd-obrach agus tèarainteachd dhreuchdan agus call taic do sgìrean dùthchail.

Obraichidh sinn le Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean eile gus a dhèanamh cinnteach gu bheil roinnean cruthachail na h-Alba air an riochdachadh fhad 's a tha barganachadh a' gabhail àite. Còmhla ri seo, leanaidh sinn air

adhart ag obair le com-pàirtichean san Roinn Eòrpa ann am mòran diofar dhòighean. Tha obair eadar-nàiseanta na phàirt cudromach de na tha sinn a' dèanamh agus a dhèanamh cinnteach gum fuirich Alba na nàisean chruthachail a tha soirbheachail is sònraichte agus co-cheangailte ris an t-saoghal. Nì sinn nas urrainn dhuinn airson leantainn air adhart a' cur taic ri ar gnìomhachasan beòthail ealain, sgrìon agus cruthachail agus dàimhean eadar-nàiseanta a tha deimhinneach is torrach a dhèanamh agus a chumail suas tarsainn na Roinn Eòrpa agus nas fhaide. Bu mhath leam taing a thoirt don luchd-obrach againn uile, an Àrd-Sgioba Stiùiridh agus am Bòrd airson an obair chruaidh tron bhliadhna. Tha an sgioba seo a' taisbeanadh eòlas, dealas agus lùth deimhinneach tarsainn an cuid obrach, glè thric ann an suidheachaidhean glè dhùbhlanach a tha a' gabhail a-steach cuideaman meudaichte air an sporan phoblach.

Bu mhath leam gu h-àraid moladh a thoirt do Richard Findlay, ar Cathraiche, le a chomhairle

ghlic, a dhilseachd agus a thaic dheimhinneach a tha air a bhith thar luach dhòmhsa agus don sgioba againn. Tha sinn air leth fo bhròn às dèidh a bhàis o chionn ghoirid agus bu mhath leam moladh a thoirt do a neart agus a thaic do chruthachalachd ann an Alba.

Tha sinn uile dealasach a thaobh a bhith ag obair ann an com-pàirteachas tarsainn nan roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach gus cothroman agus stòrasan a chosnadh mar thaic do thàlant ealanta agus cruthachail na h-Alba. Còmhla ris an obair seo, leanaidh sinn air adhart a' leasachadh na dòigh sa bheil sinn ag obrachadh le bhith ag èisteachd agus a' freagairt don ais-fhiosrachadh a tha a' tighinn bho na daoine agus na buidhnean do bheil sinn an seo mar thaic.

Tha mi an dòchas gun lorg sibh am plana seo feumail agus fiosrachail. Ma bhios ceistean sam bith agaibh cuiribh fios thugainn.

Janet Archer
Àrd-Oifigear

Ar Dleastanas

Tha dleastanas Alba Chruthachail tarsainn nan ealan, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail, a' cruthachadh chothroman dhuinn gu:

- Maoineachadh a sholarachadh do dhaoine fa leth, companaidhean agus buidhnean;
- Bhith mar shruth airson ceangal agus ionnsachadh tar-roinneil;
- Tuigsinn mar a tha an siostam cruthachail a' cur ris a' cho-chomann agus an eaconamaidh, agus a' gnìomhadh airson a neartachadh;
- Suidheachadh na h-obrach a tha sinn a' maoineachadh aig cridhe leasachadh cruthachail, ealanta, cultarach, sòisealta agus eaconamach, a' brosnachadh tuilleadh fàis san àm ri teachd ann an inbheisteadh poblach sna h-ealain 's an cultar;
- Cuideachadh le sruthan ùra teachd-a-steach a chomharrachadh 's a leasachadh do na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail, a' toirt an fheum as àirde à cothroman air seilbheachd inntleachdail agus brosnachadh co-obrachadh agus com-pàirteachas.

Tha sinn ag obair ann an com-pàirteachas leis an Riaghaltas, Ùghdarrasan Ionadail agus na roinnean poblach, prìobhaideach is saor-thoileach aann am farsaingeachd gus an taic seo a libhrigeadh.

Tha ar plana 10-bliadhna, Fuasgladh Comas, Gabhail ri Glòir-mhiann, a' mìneachadh còig àrd-amasan do na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail airson na h-ùine suas gu 2024, a tha mar bhunait don obair againn uile:

- Gu bheil sàr-mhathas agus deuchainneadh tarsainn nan ealan, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail aithnichte agus luachaichte;
- Is urrainn do gach neach cothrom fhaighinn air agus tlachd a ghabhail à tachartasan agus eòlasan ealanta is cruthachail;
- Tha àiteachan is càileachd beatha air an cruth-atharrachadh tro mhac-meanmhainn, àrd-amas agus tuigse do chomas cruthachalachd;
- Tha beachd-smuaintean air an toirt beò tro cheannardas agus sgioba-obrach eadar-mheasgte, sgileil agus ceangailte;
- Tha Alba na nàisean chruthachail shònraichte agus ceangailte ris an t-saoghal.

Maoineachadh, Tagradair, Leasachadh agus Buaidh

Tha sinn a' cur taic ris na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail mar mhaoineadair, tagradair, buidheann leasachaidh agus mar bhuidheann a tha a' sireadh ri buaidh a thoirt air càch gus cothrom a mheudachadh agus a' bhuidheann as àirde as urrainn do ar stòrasan a thairgsinn.

Maoineachadh

Tha sinn a' riarachadh maoineachaidh bho dhà phrìomh stòr, Riaghaltas na h-Alba (Grant in Aid) agus an Crannchur Nàiseanta RA. Is e ar maoineachadh an dòigh sa bheil sinn a' cumail suas lionra de bhuidhnean air feadh Alba; cur taic ri leasachadh dhaoine fa leth; maoineachadh bheachd-smuaintean agus pròiseactan; agus leasachadh chom-pàirteachasan gus dèiligeadh le feum ro-innleachdail. Nì sinn seo tro thri shlighean maoineachaidh:

- Maoineachadh Cunbhalach do bhuidhnean;
- Is e Maoineachadh Phròiseactan Fosgailte a' phrìomh shlighe a th' againn do bhuidhnean agus daoine fa leth airson pròiseactan fo chuibhreachadh ama a libhrigeadh;
- Maoineachadh Cuimsichte airson prògraman obrach ro-innleachdail a libhrigeadh glè thric ann an com-pàirteachas le càch.

Maoineachadh Cunbhalach

Tha Maoineachadh Cunbhalach a' solarachadh maoineachadh seasmhach do bhuidhnean anns na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail ann an Alba. San Dàmhair 2014, dh'ainmich sinn fòilio de Bhuidhnean Maoinichte Cunbhalach (RFOan) airson na h-ùine maoineachaidh bho An Giblean 2015 gu Am Màrt 2018.

Gu làithreach tha sinn a' maoineachadh 118 RFOan. B' e £100m am buidseat iomlan airson a' phrògram seo thar ùine de thri bliadhna, a' riochdachadh còrr air trian den bhuidseat iomlan

san amharc aig Alba Chruthachail airson 2015-18. Tha am fòilio saidhbhir ann an sàr-mhathas, comas agus àrd-amas, agus tha e a' taisbeanadh ruigsinneachd chudromach air feadh Alba agus tarsainn mòran raointean cleachdaidh. Tha e air a dhèanamh suas de chuid de na buidhnean cruthachail is cultarach as cudromaiche, as ùr-ghnàthaich agus as brosnachail ann an Alba, a' buileachadh agus a' taisbeanadh obair mhòr tarsainn ceàird, dannsa, film, litreachas, ceòl, theater agus ealain lèirsinneach.

Tha measgachadh de bhuidhnean de dhiofar sgèile san fhòilio cuideachd, a' dol bho bhuidhnean stèidhichte gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta troimhe gu buidhnean nas lugha ach fìor chudromach bho àiteachan sònraichte, a tha a' toradh obair sàr-mhath.

Gu cruinn-eòlasach, tha am bunait aig RFOan ann am 21 de na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba, agus tha còrr air 80% de bhuidhnean ag obrachadh taobh a-muigh an àite dhachaigheil, mòran dhiubh tarsainn Alba agus a' ruighinn luchd-èisteachd air feadh na dùthcha. Tha sinn cuideachd a' maoineachadh chompanaidhean tùraidh nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Rè na bliadhna seo, thòisich sinn a' cumadh lionra ùr de Bhuidhnean Maoinichte Cunbhalach airson 2018-21. Tha tagraidhean a fhuair eadhon ron cheann-latha dheireannach sa Ghiblean gam measadh le ar n-oifigearan speisealach mu choinneamh shlatan-tomhais foillsichte. Thathar a' beachdachadh air na tagraidhean uile, a' gabhail cunntas air an raon de chruthan ealain agus dleastanasan nam buidhnean; meud agus an seòrsa buidheann; iomadachd; agus sgaoileadh cruinn-eòlasach. Gu h-iomlan, nì seo cinnteach gu bheil am maoineachadh a tha sinn a' solarachadh a' libhrigeadh na buaidh ro-innleachdail as motha air feadh Alba. Bidh sinn ag ainmeachadh an lionra ùr de Bhuidhnean Maoinichte Cunbhalach nas fhaide air adhart sa bhliadhna a' leantainn air ainmeachadh buidseit Riaghaltas na h-Alba. Mar thoradh air cuibhreachaidhean buidseatach, chan eil e coltach gum bi mòran mheudachaidhean ann

am maoinachadh gu RFOan a th' ann a-cheana agus tha coltas ann gum bithear a' lùghdachadh an àireamh de RFOan a bhios sinn comasach a mhaoineachadh (a rèir an ainmeachaidh buidseit agus na h-ìrean teachd-a-steach ris a bheil dùil bhon Chrannchur Nàiseanta).

Frèam-obrach Ath-sgrùdaidh Ealanta agus Cruthachail

Is e adhbhar an Fhrèam-obrach Ath-sgrùdaidh taic a chur ri còmhradh nas doimhne agus nas fhosgarra eadar Buidhnean Maoinichte Cunbhalach, agus ann an àm an roinn fharsaing agus Alba Chruthachail a thaobh càileachd ealanta is cruthachail.

On chaidh fhoillseachadh anns a' Ghiblean 2016, tha 270 pìos fa leth de ghnìomhachd air ath-sgrùdadh. Tha sùbailteachd an Fhrèam-obrach air comas a thoirt beachdachadh air raon àibheiseach de dh'obair tarsainn gach cruth ealain, sgèile, agus ìrean leasachaidh. Tha eisimpleirean a' dol bho riochdachaidhean crìochnaichte airson àrd-ùrlar, taisbeanaidhean agus prògraman fhèisean, gu bùithtean-obrach chom-pàirteachail, co-labhairtean, tachartasan roinnidh, searmonan dhuaisean, agus fiù seiseanan planaidh pròiseict.

Bhon Ghiblean 2017, bidh sinn a' coileanadh luachadh air an Fhrèam-obrach Ath-sgrùdaidh. Bidh seo a' fiosrachadh tuilleadh leasachaidh air an obair seo mu thimcheall càileachd ealanta agus cruthachail, a' gabhail a-steach beachdachadh air comas leasachaidh air tionndadh 'acainn' don roinn nas fharsainge.

Maoineachadh Phròiseactan Fosgailte

Tha Maoineachadh Phròiseactan Fosgailte a' solarachadh thabhartasan suas gu £100k (no £150k ma thèid aontachadh leinn ron tagradh) do bhuidhnean agus daoine fa leth airson pròiseactan suas gu dà bhliadhna a dh'fhaid aig a' char as àirde, le cinn-latha tòiseachaidh is crìochnachaidh soilleir agus le seat de chinn-uidhe sònraichte.

Sa bhliadhna 1 Giblean 2016 gu 31 Màrt 2017, bhuilich sinn 519 duaisean tro Mhaoin Phròiseactan Fosgailte gu luach £11,476,642. Tha an lùghdachadh ann an teachd-a-steach Bhon Chrannchur Nàiseanta a' ciallachadh gu bheil ar buidseat airson Maoineachadh

Phròiseactan Fosgailte mu choinneamh 2017/18, air a shuidheachadh aig ìre nas ìsle na anns na bliadhnaichean roimhe seo, aig £10,545,000.

Tha sinn airson tagraichean a bhrosnachadh gu beachd-smuaintean annasach a ghintinn tarsainn spectram farsaing de ghnìomhachd, agus tha Maoineachadh Phròiseactan Fosgailte a' cur taic ri:

- Pròiseactan a tha a' leasachadh sgilean no cleachdadh ealanta is cruthachail
- Pròiseactan a tha a' cruthachadh rudeigin ùr agus de dh'àrd-chàileachd
- Pròiseactan a bhios a' riochdachadh obair do luchd-èisteachd no a bhios a' feuchainn ri ruighinn air agus luchd-èisteachd ùr a leasachadh (a' gabhail a-steach iadsan a tha doirbh an ruighinn).
- Pròiseactan a tha a' brosnachadh tuilleadh dhaoine gu dhol an sàs ann an gnìomhachd ealanta agus cruthachail.

Tha tagraidhean gam measadh mu choinneamh ceithir shlatan-tomhais foillsichte; càileachd ealanta is cruthachail, conaltradh poblach, stiùireadh èifeachdach agus ion-obrachadh ionmhasail.

Tha sinn daonnan ag èisteachd ri ais-fhiosrachadh agus ag amas air ar stuth tagraidh is stiùiridh a leasachadh gu cunbhalach. Am-bliadhna, bidh sinn a' gabhail ath-sgrùdadh os làimh air ar prògraman maoineachaidh agus foillseachadh pròiseas shimplichte airson tagraidhean fo £5k.

Tha ìrean teachd-a-steach aig mòran daoine a tha ag obair san roinn chruthachail a tha gu math fon chuibheas nàiseanta a dh'aindeoin ìrean àrda foghlaim, a dh'fhaodas a bhith air a dhèanamh nas miosa le dùil air obair an-asgaidh bhuapa agus inntearnasan gun phàigheadh. Tha Alba Chruthachail dealasach a thaobh pàigheadh cothromach do luchd-ealain. Tha sinn a' sùileachadh gum bi tagraidhean maoineachaidh ag iomradh air ìrean gnìomhachais buntainneach a thaobh reataichean pàighidh. Tha sinn a' misneachadh nan uile a tha ann an suidheachadh gu ìrean nas fheàrr pàighidh a ghintinn sin a dhèanamh, gus a dhèanamh cinnteach gur e dùthaich a th' ann an Alba far am faod luchd-ealain agus daoine cruthachail a bhith beò agus ag obair gu soirbheachail.

Maoineachadh Cuimsichte

Tha sinn a' leantainn air adhart a' solarachadh Maoineachadh Cuimsichte a tha a' dèiligeadh le gnìomhachdan sònraichte is feumalachdan leasachaidh ann an roinn, speisealachd, no sgìre cruinn-eòlasach. Mar eisimpleir, tha sinn nar com-pàirtichean le Maoin Mhòr a' Chrannchuir agus SpòrsAlba ann an riarachadh Duaisean a' Chrannchuir Nàiseanta airson maoineachadh uile, a tha a' cur taic ri buidhnean beaga is coimhearsnachdan gus an fheum as fheàrr a thoirt à cothroman cultarach ionadail. Tron mhaoin seo, bidh sinn a' prìomhachadh phròiseactan, a tha:

- toirt cothrom conaltraidh do dhaoine bho sgìrean làn bochdainn
- toirt air falbh cnapan-starra ionmhasail gus gnìomhachdan cruthachail inntrigeadh
- dèiligeadh le iomallachd dùthchail agus a' brosnachadh gnìomhachd ann an sgìrean dùthchail
- conaltradh le daoine a tha nas sine, daoine ann an dachaighean cùraim agus luchd-cùraim
- conaltradh le luchd-fàgail cùraim
- cur taic ri amalachadh fhògarraich agus luchd-siridh comraich.

Leanaidh sinn air adhart a' ruith ar Prògram Maoineachaidh Sgrion mar phàirt de ar Maoineachadh Cuimsichte. Tha seo a' riochdachadh prìomh cho-phàirt de ar n-obair, a' solarachadh comhairle deasachaidh speisealta is ro-innleachdail do riochdairean ann an tòiseachadh is leasachadh phròiseactan, gan cuideachadh gu am pròiseactan a phasganachadh airson ionmhas is riochdachadh, agus comhairleachadh air riarachadh agus taisbeanadh.

Tha dà phrìomh mhaoin taobh a-staigh a' phrògram:

- Tha riarachadh de £4millean aig Maoineachadh Sgrion airson 2017/18 agus tha còig slighean maoineachaidh ann:
 - Frithealadh Margaidean is Fèisean
 - Maoineachadh Leasachadh Pròiseict Singilte
 - Maoineachadh Riochdachaidh

- Maoineachadh Riarachaidh agus Taisbeanadh
- Maoineachadh Leasachadh Sglèat

- Tha Maoin Fàs Riochdachaidh, aig a bheil riarachadh de £1m am-bliadhna agus ri fhaotainn le riochdachaidhean airidheach ann an cruth tabhartais nach gabh ath-bhuannachadh. Is e an t-adhbhar aige, cuideachadh le roinn riochdachaidh sgrion fhàs, cothroman cosnadh a chruthachadh do chriutha stèidhichte ann an Alba, cleachdadh air companaidhean ghoireasan riochdachaidh ann an Alba a bhrosnachadh agus buannachd eaconamach cudromach is dìreach do dh'Alba a liubhairt.

Tha an Ro-innleachd Ghnìomhachasan Cruthachail a' fiosrachadh ar n-obair leasachaidh le gnìomhachasan cruthachail na h-Alba, a' gabhail phròiseactan os làimh a chuidicheas le gnothachasan cruthachail ann an Alba fhàs agus a bheathachadh. A thuilleadh air an sin, tha sinn a' leantainn air adhart a' comharrachadh 's ag obair le pròiseactan a tha a' faotainn taic tro Mhaoineachadh Phròiseactan Fosgailte a tha a' cur taic dìreach ri gnothachasan cruthachail seachad air raon dleistanais na Ro-innleachd Ghnìomhachasan Cruthachail.

Leanaidh ar Maoinean Cuimsichte a' cur taic ri gnìomhachdan a tha a' pròifileadh tàlant cruthachail saidhbhir na h-Alba agus ag adhartachadh conaltradh poblach le ealain agus cultar. Tha iad sin a' gabhail a-steach tachartasan Scotland + Venice, Fèis Eadar-Cheilteach Lorient, agus taic do choimhearsnachdan cruthachail ionadail tro ar prògram Com-pàirteachas Àite. Anns gach cùis, tha sinn ag amas air an t-seòrsa maoineachaidh a sholarachadh as fheàrr a fhreagras air feumalachdan luchd-ealain, daoine cruthachail fa leth, buidhnean agus gnothachasan cruthachail.

Tha sinn a' leantainn am-bliadhna a' cur taic ri còig buidhnean leasachaidh roinne tro mhaoinachadh cuimsichte. Is iad sin:

- Caidreachas Theatar na h-Alba, buidheann leasachaidh is ballrachd na h-Alba airson dannsa proifeiseanta, opara agus theatar.
- Ealain agus Gnothachas Alba, gnìomhadh mar shruth-dealain eadar roinnean cultarach is gnothachais gus cuideachadh le dàimhean cruthachail, sòisealta agus coimearsalta a bheathachadh.

- Oifis an Iomairt Chultaraich, seirbheis leasachadh gnothachais speisealta do luchd-cleachdaidh cruthachail is cultarach agus maidhcro-gnothachasan.
- Poblachd Chultarach, a' solarachadh leasachadh luchd-èisteachd, taic chonaltraidhean didseatach is margaideachd do na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail.
- Carbon Cruthachail Alba, com-pàirteachas de bhuidhnean ealain ag obair airson buidhnean cultarach is cruthachail a chur aig cridhe Alba sheasmhach.

Tagradaireachd

Tha sinn ag obair còmhla ri càch gus ìomhaigh nan ealan, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail a thogail ann an Alba, a' cuideachadh le an sàr-mhathais adhartachadh aig an taigh agus thall-thairis do raon fharsaing de luchd-èisteachd. Tha seo a' gabhail a-steach diùlnachadh obair dhaoine fa leth agus bhuidhnean air feadh Alba. Tha e a' ciallachadh cuideachd mothachadh a thogail do luach gnìomhachd ealanta is chruthachail agus àite ann an dèanamh beatha gach neach nas fheàrr a thaobh slàinte, sunnd agus fàs air ar eaconamaidhean ionadail agus nàiseanta. 'S e pàirt de ar dleastanas sgeul innse mun luach a tha ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail a' libhrigeadh nar beatha, le taic bho mhaoineachadh poblach. Tha sinn cuideachd airson càch a bhrosnachadh, a tha ag obair no aig a bheil ùidh ann an cruthachalachd is cultar ann an Alba, gu an sgeul seo innse. Tha sinn a' dèanamh seo tro chonaltraidhean didseatach, taisbeanaidhean, tachartasan agus cur taic ri buidhnean com-pàirteachais san obair seo.

Leanaidh sinn air adhart ag obair cruaidh gus innse carson a tha cruthachalachd cudromach le cuideam a bharrachd air in-ghabhaltas sòisealta. Le bhith a' cleachdadh ar sianalan conaltraidh didseatach leithid **fearthan is sgrùdaidhean-cùise 'Ransaich' air an làraich-lìn againn**, meadhanan sòisealta, conaltraidhean mheadhanan, tachartasan agus òraidean, bidh sinn ag amas air an t-susbaint a mheudachadh a tha a' taisbeanadh an luaich a tha maoineachadh airson nan ealan, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail a' liubhairt. Bidh seo a' gabhail a-steach togail ìomhaigh phròiseactan sònraichte, daoine fa leth agus buidhnean ris a bheil

sinn a' cur taic agus a bhios a' liubhairt obair sa cho-theacsa seo agus a' brosnachadh teachdaireachd choitcheann tarsainn nan roinnean leis a bheil sinn ag obair.

Tha sinn ag obrachadh gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus a' coileanadh ar n-amasan do na h-ealain, sgrion is gnìomhachasan cruthachail le bhith ag obair gu dlùth le raon de chom-pàirtichean, a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta, agus ceannardas is tagradaireachd a sholarachadh agus taic a chur ri leasachadh poileasaidh tro rannsachadh is roinn fiosrachaidh.

Leasachadh

Tha sinn airson nan suidheachaidhean as fheàrr a ghabhas a chruthachadh do na h-ealain, sgrion is gnìomhachasan cruthachail a bhith soirbheachail. Tha seo a' gabhail a-steach obrachadh le buidhnean leasachaidh eaconamach, an Riaghaltas, Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean eile san roinn phoblaich is phrìobhaidich gus eòlas is goireasan roinnte a leasachadh, sgilean a mheudachadh, agus cothrom adhartachadh gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha ar dleastanas leasachaidh gu làithreach a' cuimseachadh air ceithir colbhan de ghnìomhachd leasachaidh:

- Cumail suas tuigse roinneil ro-innleachdail agus dèanamh eadar-theachdan aontaichte far an urrainn dhaibh an diofar as motha a dhèanamh.
- Ag obair le com-pàirtichean gus na suidheachaidhean airson soirbheachadh a chruthachadh do na h-ealain, sgrion is gnìomhachasan cruthachail, a' gabhail a-steach tro roinn eòlais.
- Ag obair le daoine fa leth agus buidhnean gus deasbad agus cùisean sònraichte le duilgheadasan fhuasgladh.
- Fàs ghoireasan agus cothroman ùra airson maoineachadh.

Am-bliadhna, bidh sinn ag ath-sgrùdadh agus a' grinneachadh dleastanas leasachaidh Alba Chruthachail a thaobh na h-àrainneachd chaochlaidich agus an dùbhlann leantainneach mu choinneamh maoineachadh poblach. Bidh sinn a' gintinn faireachdainn nas soilleir de mar a tha

obair a' toirt buaidh gu h-iomlan air a' Phrògram airson Riaghladh, agus a chuimse air daoine, eaconamaidh agus ionannachdan in-ghabhaltach.

Is e Alba Chruthachail an t-aon bhuidheann poblach aig a bheil tar-shealladh nàiseanta air na roinnean cruthachail is cultarach agus mar sin tha iad ann an suidheachadh gun choimeas airson an ro-innleachd do na h-ealain, sgrion is gnìomhachasan cruthachail fhiosrachadh agus a sheatadh. Am-bliadhna, bidh sinn a' coileanadh ùrachadh air ro-innleachd, gus coimhead tarsainn nan eadar-eisimeileachdan agus gan co-shineadh ri ro-innleachdan trì roinnean.

Is e cothrom a th' anns na ro-innleachdan ùraichte againn agus ar dleastanas leasachaidh fiosrachadh agus freagairt a thoirt don Ro-innleachd Cultarach Nàiseanta. Tha sinn airson a bhith for-ghnìomhach agus ro-innleachdail, a' neartachadh ar dleastanas mar mhaoiniche nàiseanta agus mar bhuidheann stiùiridh tro fhuincsean mìnichte gu soilleir gus cuideachadh le dèiligeadh le cuid de na dùbhlain ris a bheil ar roinnean a' cothachadh air feadh na dùthcha.

Buaidh

Mar bhuidheann aig a bheil tar-shealladh air gnìomhachasan nan ealan, sgrion is cruthachail, faodaidh sinn ar n-eòlas is ealantas a chleachdadh gus càch a chuideachadh gu obair ann an dòigh nas ro-innleachdail, buaidh a thoirt air poileasaidh, agus inbheisteadh a bhrosnachadh a dh'aindeoin a bheil iad an lùib an t-siostaim chruthachail no nach eil. Ann an àrainneachd chruinneil, phoilitigeach is eaconamach a tha a' sior atharrachadh, tha sinn a' cleachdadh ar n-eòlais gus co-obrachadh le com-pàirtichean air feadh an t-saoghail mar thaic do ar roinnean, a' roinn eòlais, rannsachadh agus deagh chleachdadh.

Tha sinn a' leasachadh ar dleastanas buadhach le bhith daonnan a' togail bunait fianais nas làidir, a bhios a' tarraing air dàta bhon obair a tha sinn a' maoineachadh a thuilleadh air ciad is dàrna rannsachadh eile. Tha sinn a' gabhail os làimh sgaoileadh is roinn eòlais mar bhuill de dh'àireamh de lìonraidhean rannsachaidh, a' gabhail a-steach bòrd cruinn rannsachaidh Comhairle Ealain na RA agus Lìonra Fianais Cultarach na h-Alba (a tha a' toirt còmhla buidhnean poblach cultarach na h-Alba). Tha sinn a' leantainn air adhart a'

coinneachadh le dàimhean anns an t-saoghal acadaimigeach gus ceangalan nas èifeachdaich a leasachadh leis an roinn, gus co-bheàrnan fiosrachaidh a chomharrachadh agus cuideachadh le oidhirpean rannsachaidh a stiùireadh nas fheàrr. Le bhith solarachadh fiosrachaidhean poileasaidh, stiùireadh deagh chleachdaidh agus fiosrachadh gnìomhachais – leithid ar cruinneachadh rannsachaidh cunbhalach a' solarachadh tar-shealladh feumail de rannsachadh o chionn ghoirid agus aithisgean staitistigeach a tha buntainneach don roinn chultarach ann an Alba – tha sinn ag amas air daoine fa leth agus buidhnean a chuideachadh gu cothroman a chomharrachadh agus a ghabhail mar a thig iad an-àirde.

Ar Prògram do 2017/18

Prìomh Ghnìomhachd

Ìbhrigeadh leantainneach air a' phlana 10-bliadhna agus ro-innleachdan ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail.	Leantainneach
Measadh agus conaltradh air co-dhùnaidhean mu thagraidhean Maoineachadh Cunbhalach.	Cairtealan 1,2,3 & 4
Leasachadh Cùis airson Inbheisteachd – Solarachadh fianais de dh'iarrrtasan làithreach air maoineachadh Alba Chruthachail agus an luach iomlan air cultar is cruthachalachd do dh'Alba.	Cairteal 2
Adhartas bliadhna a dhà den Ro-innleachd ICT.	Cairteal 2,3,4
Leasachadh agus foillseachadh Ro-innleachd Dhaoine 2017-19.	Cairteal 2
Leasachadh modail a' ghnòthachais bhig mu choinneamh Aonad Sgrion ùr sònraichte airson film agus TBh ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus Leasachadh Sgìlean Alba.	Cairteal 2,3
Co-chomhairleachadh air agus foillseachadh Plana Gàidhlig ùraichte.	Cairteal 2
Foillseachadh frèam-obrach airson Conaltradh Poblach.	Cairteal 4
Co-shìneadh agus ath-ùrachadh ro-innleachdan do ghnìomhachasan ealain, sgrion is cruthachail gus Plana Bliadhnail 2018 fhiosrachadh.	Cairtealan 2 & 3
Soilleireachadh dleasan leasachaidh is comasachaidh teachdail Alba Chruthachail a thaobh planaichean ro-innleachdail ath-ùraichte.	Cairtealan 2 & 3
Sgrùdadh is cur taic ris na prògraman gnìomhachd air an liubhairt le ar Buidhnean Maoinichte Cunbhalach.	Leantainneach
Leantainn air adhart a' liubhairt Maoineachadh Phròiseactan Fosgailte.	Leantainneach
Ath-sgrùdadh agus ath-ùrachadh phrògraman maoineachaidh airson am buileachadh bho 2018.	Cairtealan 3 & 4
Ìbhrigeadh plana chonaltraidhean, a' gabhail a-steach leasachadh leantainneach air gnìomhachd chonaltraidhean Cùisean Cruthachalachd.	Leantainneach

Prìomhachasan Ealain, Sgrion is Gnìomhachasan Cruthachail thar nan ath 12 mìosan

Ealain

Tha an Ro-innleachd Ealain a chaidh fhoillseachadh ann an 2016 a' mineachadh ar glòir-mhiann a thaobh nan ealan ann an Alba. Tha i stèidhichte air tuigse dhaingeann don ruigsinneachd, buntainneas agus tabhartas ann am farsaingeachd a tha luchd-ealain agus na h-ealain a' cur ris a' cho-chomann. Tha e gar solarachadh le frèam-obrach chudromach a' fiosrachadh mar a libhrigeas sinn mar mhaoiniche, tagradair, buadhair agus gu deatamach beachdachadh air an fhad-ama do na h-ealain air feadh Alba, aig àm nuair a tha goireasan cuibhrichte tarsainn na roinne poblaich.

Is iad na prìomh raointean cuimseachaidh:

- **Luchd-ealain is riochdairean cultarach:** Rannsachadh dhòighean sa bheil an tabhartas deatamach a tha luchd-ealain agus riochdairean cultarach a' cur ris a' cho-chomann, faicsinneach agus luachaichte – a' coimhead ri cothroman sàr-mhathais is iomadachd a neartachadh tarsainn nan ealan, ri am brosnachadh, am beathachadh agus an cumail suas air feadh Alba.
- **Leasachadh bhuidhnean is roinne:** Stèidheachadh tuigse làidir is ùr de na diofar daineamaigean, co-theacsaichean obrachaidh agus modailean gnothachais a tha rim faicinn tarsainn nan ealan air feadh Alba – a' coimhead ri fàs mean air mhean agus seasmhachd dhòighean ùra obrachaidh a chomasachadh, a' gabhail a-steach tro chom-pàirteachasan agus co-obrachadh.
- **Co-chomann agus luchd-èisteachd:** Togail air ar dealas a thaobh ionnsachadh cruthachail, co-ionannachdan, iomadachd agus in-ghabhaltas – a' coimhead ri leudachadh is doimhneachadh ruigsinneachd nan ealan mar a bhith buntainneach, ceangailte is nochdadh co-chomann is saoghal a tha sìor chaochlaideach, agus dèanamh cinnteach gu bheil a' choimhearsnachd ealanta aig cridhe an deasbaid fharsaing mu Alba san àm ri teachd.

- **Ar dleastanas:** Leasachadh dhòighean obrachaidh a tha èifeachdach, buntainneach agus fiosraichte – a' coimhead ri àrach planadh ro-innleachdail fad-amaid agus obair com-pàirteachais eadar na roinnean poblaich is prìobhaideach, agus tarsainn cho-theacsaichean nàiseanta is eadar-nàiseanta, gus taic a thoirt do roinn ealain a tha soirbheachail, làidir agus nochdte do dh'Alba cho-aimsireil.

Tha am pròiseas measaidh airson tagraidhean Maoineachadh Poblach air a bhith na phrìomh fhòcas den obair againn sa chiad leth den bhliadhna. Ann an ruighinn an ath ath-thriall den Lìonra RFO 2018-21, bidh co-dhùnaidhean duilich air am fiosrachadh leis an dà chuid measadh cuspaireach agus breithneachadh ro-innleachdail gu freagairt gu soilleir do phrìomh àrd-amasan a' phlana 10-bliadhna, agus Ro-innleachdan nan Ealan, Sgrion is Gnìomhachasan Cruthachail, a thuilleadh air na prìomhachasan air an deach togail anns na h-Ath-sgrùdaidhean Roinne.

Chuir Ath-sgrùdadh nan Ealan Lèirsinneach a chaidh fhoillseachadh ann an 2016, crìoch air an t-sreath de ath-sgrùdaidhean roinnean chruthan ealain a bha gu bhith a' solarachadh tar-shealladh agus fiosrachadh agus cumadh ar gnìomhachdan is prìomhachasan san àm ri teachd. Tha Ath-sgrùdaidhean Roinne ann an Dannsa, Film, Litreachas is Foillseachadh, Ceòl is Theatar, air an gabhail os làimh a-cheana, agus leanaidh sinn air adhart a' freagairt do am molaidhean 's ag obair gu dlùth leis na roinnean fhèin agus fiosrachadh ar co-dhùnaidhean maoineachaidh.

Stèidhichte ann an 2003, tha Alba + Venice a' leantainn air adhart a' togail ìomhaigh na h-Alba mar mheadhan daineamach is atharrachail airson riochdachadh, adhartachadh agus taisbeanadh ealain cho-aimsireil. Is e am-bliadhna an 57^{mh} Biennale di Venezia far a bheil Raonaid NicIleathain a' taisbeanadh a prìomh choimisean ùr *Spite Your Face*. Le taic bho Alba Chruthachail is maoineachadh bhon Chrannachur Nàiseanta, tha an taisbeanadh air a stiùireadh le

Alchemy Film and Arts, ann an com-pàirteachas le Gailearaidh Talbot Rice agus Oilthigh Dhùn Èideann. Tha sinn air luachadh neo-eisimeileach a choimiseanadh de Phrògram Alba + Venice gus na buadhan is dìleaban a chomharrachadh agus prìomhachasan Alba Chruthachail fhiosrachadh airson leasachadh air obair eadar-nàiseanta anns na h-ealain lèirsinneach ann an Alba taobh a-staigh àrainneachd dhaineamach is sìor chaochlaideach.

Leanaidh sinn air adhart a' cur taic ri ceanglaichean eadar-nàiseanta do luchd-ealain ann an Alba; do luchd-ciùil is luchd-adhartachaidh tro thachartasan leithid fèisean Celtic Connections, Rudelstadt, agus Lorient; do luchd-ealain ann an theatar, dannsa agus ceòl an obair aca a thaisbeanadh do luchd-adhartachaidh tro Made in Scotland agus Momentum aig Fèisean Dhùn Èideann; agus taic do luchd-coireògrafaich, riochdairean agus prògramairean gu Tanzmesse 2018 a fhrithealadh, a' ceangal le Comhairle nan Ealan Shasainn is Comhairle Bhreatainn agus togail air tachartasan mar British Dance Edition.

Tha prìomh àite aig tùradh ann an coileanadh ar n-àrd-amas gun urrainn do gach neach cothrom fhaotainn agus tlachd a ghabhail à eòlasan ealanta agus cruthachail. Ann an 2016, choimisein sinn anailis air tùradh Theatar is Dannsa ann an Alba, a tha a' toirt seachad in-shealladh luachmhor air cùisean comharraichte leis an roinn mar a bhith a' toirt buaidh air an comas còmhla air an luchd-èisteachd as fharsainghe a ghabhas, a ruighinn. Tha an rannsachadh a' nochdadh gu bheil cùisean an lùib tùradh lionmhor agus iom-fhillte agus nach eil ann am maoineachadh ach aon taobh de sheat dhràibhear an a tha gu mòr eadar-eisimeileach. Bidh an dàta seo agus planaichean na roinne gu dèiligeadh ris na cùisean sin, a' biathadh a-steach don ath-sgrùdadh air maoineachadh Alba Chruthachail a tha air a phlanadh airson nas fhaide sa bhliadhna.

Ann an 2016, choilean sinn suirbhidh lomachd sna h-Ealain gus dealbh a sholarachadh den roinn chruthachail ann an Alba agus na bacaidhean a rannsachadh a dh'fhairich iadsan a tha ag obair taobh a-staigh nan ealan, chan ann dìreach mar luchd-ealain ach gach neach tarsainn gach cruth ealain. Tha an t-suirbhidh a' solarachadh dealbh chudromach de na suidheachaidhean obrach agus beachdan an fheadhainn a tha ag obair anns na h-ealain ann an Alba san latha an-diugh. Tha e a' toirt in-shealladh mu thimcheall

feartan na roinne agus na bacaidhean leis a bheil mòran taobh a-staigh dheth a' dèiligeadh, agus solarachadh chomharran mu thimcheall nam bacaidhean gu inntrigeadh dreuchd-beatha agus adhartas. Cleachdaidh sinn an dàta bhon aithisg seo còmhla ri dàta eile agus rannsachadh san raon seo gus cuideachadh le ar dleastanas leasachaidh a chumadh, ar stiùireadh maoineachaidh fhiosrachadh agus tuilleadh leasachaidh a chur an gnìomh air ar builean cho-ionannachdan. Tha na toraidhean a' nochdadh dùbhlann don roinn air fad, ach tha e a' solarachadh cothrom air leantainn leis an deasbad, cùisean sònraichte don roinn a rannsachadh barrachd agus coimhead ri dòighean sam faod an roinn uile obrachadh còmhla gus dèiligeadh leis na cùisean sin anns a' gheàrr-ama, sa mheadhan-ama agus san fhad-ama.

Sgrion

On fhoillseachadh air an ro-innleachd sgriona, Alba Chruthachail:air Sgrion, san Dàmhair 2014, tha sinn air sreath de thomhasan a thoirt gu buil taobh ri taobh le Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean eile, gus taic a chur ri agus fàs a thoirt air roinn sgriona na h-Alba. Tha sinn air spreigidhean meudaichte a thoirt a-steach airson Film is Telebhisean a riochdachadh, a' gabhail a-steach Maoin Fàs Riochdachaidh agus thairis air an dà bhliadhna ionmhasail on fhoillseachadh air an Ro-innleachd, tha maoineachadh Alba Chruthachail air an Roinn Sgrion a' tighinn gu £20,320,000. Tha sinn cuideachd a' cur taic ri leasachadh air taisbeanadh, sgaoileadh agus luchd-èisteachd sa mhòr-chuid air a stiùireadh tro ar Buidhnean Maoinichte Cunbhalach.

Chaidh Buidheann Ceannardais na Roinne Sgrion (SSLG) air a stiùireadh le Iain MacCarraig, a stèidheachadh gus conaltradh dìreach leis an roinn a dhèanamh cinnteach agus comas a thoirt do bhuidhnean poblach freagairt do fheumalachdan gnìomhachais. Chaidh trì fo-bhuidhnean a chur air bhonn gus taic a chur ri an obair ann an raointean sònraichte:

- Sgaoileadh, Taisbeanadh agus Leasachadh Luchd-èisteachd
- Rannsachadh, Staitistearachd agus Luach
- Leasachadh Tàlant, Sgilean agus Trèanadh.

Tha an SSLG air àireamh de phrìomhachasan cudromach a chomharrachadh, a thaobh lèirsinn shoilleir agus àrd-amasach don roinn a leasachadh; maoinachadh a mheudachadh airson riochdachadh film is telebhisean; meudachadh ann an goireasan stiudio; inbheisteachd ann an trèanadh, tàlant agus leasachadh sgilean; taic iomchaidh do leasachadh gnòthachais; agus rannsachadh làidir is staitistigean air luach na roinne agus buaidh maoinachaidh is innleachdan taic. Tha sinn a' leantainn air adhart ag obair gu dlùth le SSLG a' leantainn air **foillseachadh an aithisg san Fhaoilleach 2017**.

Tha sinn ag obair gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na h-Alba, Leasachadh Sgilean Alba, Comhairle Maoinachaidh na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, gus Aonad Sgrion ùr a dheilbh agus a chur air bhonn le dleastanas tarsainn na roinne, stèidhichte taobh a-staigh Alba Chruthachail, a' dèanamh cinnteach gu bheil an Roinn Sgrion air aithneachadh 's air a luach airson an tabhartais chudromach a tha a' sìor fhàs agus a' cur ri eaconamaidh chruthachail na h-Alba a thuilleadh air a beatha shòisealta is chultarach.

Tha Bòrd Pròiseict ùr air a stèidheachadh airson sùil a chumail thairis air a' phròiseact seo. Bheir iad plana gu buil airson Aonad Sgrion a tha ag àithneadh taic is dealas bhuidhnean com-pàirteachais is na roinne sgrion, do Rùnaire a' Chaibineit airson Cultar, Turasachd is Cùisean air an Taobh A-muigh san fhoghar 2017. Bidh seo a' gabhail a-steach:

- Dleastanas nas fharsainghe a' gabhail a-steach -
 - Sreath dràma is TBh
 - Riochdachadh susbaint didseatach is eadar-obrachail (Film is TBh)
 - Goireasan / às dèidh riochdachadh agus companaidhean VFX
- Leasachadh cultarach is eaconamach.
- Ceannardas faicsinneach air ro-innleachd nas fharsainghe air feadh Alba agus libhrigeadh air a cho-riochdachadh tarsainn bhuidhnean, An Riaghaltas agus an roinn sgrion.
- Pròiseas sgrùdaidh for-ghnìomhach, tional cunbhalach air data agus anailis.
- Fòcas air a' bhuidhnean a tha inbheisteachd a' toirt.

- Roinn fulangach, nas làidir agus air a lionradh – buidhnean poblach sgiobalta, sùbailte agus co-obrachail.

Tha Alba Chruthachail dealasach a thaobh obair a dh'ionnsaigh adhbhar coitcheann agus cumail suas astar is luaths airson libhrigeadh soirbheachail air an Aonad Sgrion seo.

Tha leasachadh air bun-structar stiudio film seasmach ann an Alba na phrìomhachas. Gus taic a chur ri riochdachaidhean ionadail, riochdachaidhean RA agus eadar-nàiseanta a tharraing agus fàs a thoirt air an roinn sgrion, tha feum aig Alba coltach ri nàisean sam bith a tha a' coimhead ri farpais gu h-èifeachdach sa mhargaid chruinneil, air làn raon de roghainnean airson farsaingeachd àrd-ùrlair agus oifisean riochdachaidh:

- *Goireasan stiudio air an togail a dh'aon ghnòthaich*
- *Atharrachaidhean làn-ùine*: goireasan stiudio air an stèidheachadh ann am farsaingeachdan de sgèile a th' ann, le beagan bun-structar deatamach agus ann an cleachdadh air riochdachaidh làn-ùine.
- *Farsaingeachd togail sealach*: farsaingeachdan de sgèile a tha air am margaideachd a bhith rim faotainn airson gabhail geàrr-ama do riochdachaidhean, ach le glè bheag de bhun-structar no gun bhun-structar sam bith na àite.

Tha Coimisean Sgrion Alba Chruthachail dripeil a' dèiligeadh le ceistean bhon RA agus gu h-eadar-nàiseanta agus tha sinn a' cumail a' dol gu gnìomhach ag adhartachadh na farsaingeachd a tha ri fhaotainn gu làithreach ann an Alba, a' toirt roghainnean ùra don mhargaid. Tha feum aig liubhairt air tuilleadh bun-structair a bhith nas motha na an t-astar fàis gus an urrainn dhuinn an comas as àirde fhaotainn don roinn sgrion ann an Alba. Tha sinn ag obair leis an roinn phrìobhaidich agus ar com-pàirtichean san roinn phoblaich gus seo a bhrosnachadh.

Chaidh **Ath-sgrùdadh Roinn Beò-dhealbaidh** fhoillseachadh sa Mhàrt 2017 agus bidh e a' fiosrachadh ar n-obair leis an roinn agus ar gnìomhachdan thar nan ath 12 mìosan. Tha an t-Ath-sgrùdadh seo a' toirt iomradh air na daoine, àiteachan, goireasan is dàimhean a tha nam bunait do choileanaidhean na roinne a thuilleadh air cuid de na dùbhlain a tha romhainn

a chomharrachadh, agus beachd-smuaintean airson tuilleadh leasachaidh san àm ri teachd. Tha sinn ag obair le riochdairean na roinne agus com-pàirtichean gnìomhachais eile gus beachdachadh air toraidhean an Ath-sgrùdaidh agus freagairt co-thàthaichte is co-òrdanaichte a leasachadh a tha ag obair a dh'ionnsaigh an fhàs sheasmhach a tha sinn uile airson fhaicinn.

Mar phàirt de ar n-obair thar na bliadhna a chaidh seachad, chuir sinn crìoch air a' chiad ath-sgrùdadh ioma-chuimseach air Co-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltas ann an roinn Sgrion na h-Alba. Air fhoillseachadh san Fhaoilleach 2017, tha **Tha Co-ionannachd Cudromach** a' tarraing air fianais a chaidh a thional bho dhaoine fa leth agus bho bhuidhnean ag obair ann am film agus TBh ann an Alba, mu choinneamh cùl-raon de rannsachadh is poileasaidh nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha an aithisg a' togail air fianais a thaobh bacaidhean lionmhor agus toinnte gu ruigsinneachd, adhartas agus riochdachadh an dà chuid air-sgrion agus dheth-sgrion a tha beò aig mòran ìrean ann an roinn sgrion na h-Alba, a' gabhail a-steach cuibhreachaidhean eaconamach, cruinneòlas agus gnè. Tha an aithisg cuideachd a' gabhail a-steach sreath de mholaidhean airson gnìomhadh deimhinneach is co-obrachail, mar thaic do Roinn Sgrion ann an Alba a tha nas in-ghabhalach is riochdachail. Bidh sinn ag obair le Buidheann Obrach Sgrion EDI gu tar-roinneil, a tha a' beachdachadh air na molaidhean san Ath-sgrùdadh agus a' dearbhadh am buileachaidh, le amas nas fharsainge a thaobh tomhaisean practaigeach a dhearbhadh airson cruth-tìre riochdachaidh air agus dheth sgrion, atharrachadh.

Tha sinn a' cur taic ri Lìonra Tàlant Film na h-Alba (SFTN), prògram brosnachail stiùirichte le gnìomhachas, a tha a' cur taic ri tàlant ùr agus tighinn am bàrr de luchd-dèanamh fhilmichean, a' tairgsinn slighe adhartais shoilleir bhon chiad fhilm ghoirid air a choimiseanadh gu leasachadh air ciad fhilm iomlan. Tha am prògram a' tabhach taic a dh'aon ghnòthaich don ath ghinealach de sgrìobhadairean, stiurichean agus riochdairean, a' toirt dhaibh an cothrom air fhilmichean a leasachadh agus a riochdachadh, a gheibh follaiseachadh gnìomhachais agus a leasaicheas dreuchdan-beatha an luchd-dèanamh fhilmichean. Is e seo maoinean iasad

com-pàirteachais bho BFI a tha, còmhla ri maoinean Alba Chruthachail, a' dèiligeadh le leasachadh tàlant ann an dòigh nas doimhne. Tha e a' tairgsinn slighe adhartais shoilleir dhaibhsan a tha fhathast ris a' chiad fhilm ghoirid choimiseanaichte aca a dhèanamh, troimhe gu leasachadh air ciad fhilm mhòr airson luchd-dèanamh fhilmichean a tha nas adhartach, a tha air obair coimiseanaichte a dhèanamh roimhe a chaidh a sgrionadh aig fèisean agus air beagan cliù fhaotainn.

Thuirt sinn san Ro-innleachd Sgrion ann an 2014 gu bheil sinn ag iarraidh a bhith ag obair ann an dòighean co-obrachail gus roinn sgrion na h-Alba a neartachadh agus fhàs, agus tha sinn air a bhith a' brosnachadh an t-seorsa modh-obrach seo do dh'obair sna roinnean eile. Tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' dèanamh nas urrainn dhuinn gun mhathas as fheàrr don roinn sgrion ann an Alba, thar cùrsa bliadhna 2017/18 agus na h-amasan is glòir-mhiannan a choileanadh, a tha mìnichte san ro-innleachd.

Gnìomhachasan Cruthachail

Ann an 2016, dh'fhoillsich sinn Ro-innleachd Alba Chruthachail a tha na bhunait don obair againn sna gnìomhachasan cruthachail. Chaidh ceithir àrd-amasan a stèidheachadh a tha a' frithealadh ar n-obair air leasachadh gnìomhachasan cruthachail ann an Alba a cheangal, leis an ro-innleachd eaconamach nàiseanta leis a' phrìomh adhbhar de leasachadh ghnòthachasan cruthachail seasmhach:

Is iad na h-amasan sin:

- Inbheisteadh còmhla gus ghnòthachasan cruthachail seasmhach fhàs tro cho-obrachadh agus obair com-pàirteachais.
- Ùr-ghnàthachadh don eaconamaidh fharsaing tarsainn gach raon de ghnòthachas, a' gabhail a-steach an roinn phoblach.
- Meudachadh in-ghabhaltas; cruthachadh cothrom do chruthan cruthachail a' tighinn am bàrr agus ag aithneachadh luach malairt ionadail is com-pàirteachasan stèidhichte air àite.
- Meudachadh ìomhaigh is inbhe eadar-nàiseanta; fosgladh shlighean gu margaidean cruinneil.

Tha na h-amasan sin air an roinn le Com-pàirteachas Cruthachail na h-Alba (SCIP), a tha Alba Chruthachail a' stiùireadh agus a tha air a dhèanamh suas de bhuidhnean poblach nàiseanta a tha ag obair còmhla gus taic a chur ri leasachadh air na gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.

Tha Ro-innleachd Ghnìomhachasan Cruthachail a' fiosrachadh an obair leasachaidh 2017/18 aig Alba Chruthachail san raon seo, a' gabhail phròiseactan os làimh a chuidicheas le gnothachasan ann an Alba fhàs agus a bheathachadh. Tha fios againn gu bheil 15,000 gnothachas gnìomhachasan cruthachail gu làithreach ann an Alba, air an sgaoileadh tarsainn nan 16 fo-roinnean ann an Alba, 87% dhiubh gu làithreach nam maidhcro-gnothachasan le 5 nar luchd-obrach no nas lugha. Tha sinn ag obair gu ar goireasan a chuimseachadh ann an dòighean sgiobalta is èifeachdach a bhios nam buannachd do na h-uile.

Ann an 2017/18, adhartaidh sinn ar n-obair le com-pàirtichean tarsainn na cruth-tìre inbheistidh, leithid Inbheisteadh Sòisealta Alba agus Comann Albannach nan Aonaidhean Creideis gus gnothachasan cruthachail a chuideachadh gu an t-slighe as fheàrr a lorg airson taic a thabhann, a thuilleadh air stiùireadh a thairgsinn air an dòigh air cothrom fhaotainn air leasachadh sgilean cruthachail is gnothachais, tro phortal Obraichean Sgilean a tha a' tighinn am bàrr. Bidh sinn a' coimhead cuideachd ri togail air ar n-obair roinneil ann an teicneòlas chruthachail is gheamannan, a' toirt air adhart iomairtean ann an raointean leithid roinn ceàird/deilbh/dèanamh.

Bidh brosnachadh ùr-ghnàthachaidh ann an gnothachasan cruthachail na h-Alba a' leantainn air adhart na phrìomhachas agus am-bliadhna cuiridh sinn crìoch air a' chiad ìre den obair againn le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba gus taic a chur ri ceangalan èifeachdach eadar an saoghal acadaimigeach agus gnìomhachas. Togaidh sinn cuideachd air ar n-iomairt shoirbheachail Cruthachadh Cùraim, a tha air gnothachasan deilbh agus proifeiseantaich cùram-slàinte fhaicinn ag obair còmhla air dèiligeadh gu cruthachail le dùbhlain roinn na slàinte. Bidh sinn ag obair cuideachd le prìomh roinnean eile gus mothachadh a mheudachadh don bhuaidh aig gnothachasan cruthachail air foghlam, dèanamh-àite, leasachadh coimhearsnachd agus an eaconamaidh fharsaing.

Ag obair le ar com-pàirtichean ann am buidhnean leithid Dùn Èideann Cruthachail, Dùn Dè Cruthachail agus Sruighlea Cruthachail a thuilleadh air tro thachartasan leithid XpoNorth, Fèis Deilbh Dhùn Dè agus Fèis Dèilbh Grafaigeach Alba, leanaidh sinn air adhart ag obair gus gnìomhachd gnìomhachasan cruthachail ionadail a leasachadh. Bidh obair chuimsichte Ar n-Àite a' fosgladh chothroman tro phlanaichean leasachaidh ionadail agus tro chomharrachadh air togalaichean, sgilean is goireasan a tha fo-chleachdte, mar thaic do ghnìomhachasan cruthachail nan coimhearsnachdan ionadail. Leanaidh sinn air adhart ag inbheisteadh ann an Ealain Fhèin, a' dèanamh ceannach ealain furasta agus comasach a cheannach leis a' phoball choitcheann. Bheir sinn air adhart an obair sna h-Eileanan Siar air cur taic ri fàs agus leasachadh air roinn nan gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig agus leasachadh air prògram reic ealain mar thaic do in-ghabhail air buidhnean ag obair le inbhich le duilgheadasan ionnsachaidh agus cùisean slàinte inntinneil. Bidh ar n-obair le Carbon Cruthachail ag adhartachadh am-bliadhna, a' comharrachadh 's a' roinn a' chleachdadh àrainneachdail as fheàrr taobh a-staigh prìomh roinnean.

Leanaidh sinn air adhart ag adhartachadh chothroman maoineachaidh an EU san ùine a tha air fhàgail ro Brexit, agus aig an aon àm a' brosnachadh gnothachasan cruthachail ann an Alba com-pàirteachsan eadar-nàiseanta a chumail suas taobh a-staigh agus taobh a-muigh na Roinn Eòrpa.

Tèaman Ceangail

Ionnsachadh Cruthachail

Tha Ionnsachadh Cruthachail bunaiteach do dhèanamh cinnteach gu bheil ginealaichean san àm ri teachd uidheamaichte airson togail air soirbheachasan an latha an-diugh a thuilleadh air ùr-ghnàthachadh nan dòigh fhèin. Tha ionnsachadh cruthachail a' gabhail àite nuair a tha gnìomhachd ealain is cultair a' leantainn a dh'aon ghnòthaich gu leasachadh air tuigse, eòlas agus sgilean.

Tha sinn dealasach a thaobh meudachadh a dhèanamh air an uiread agus càileachd chothroman do gach neach gus an tuigse dhiubh fhèin a

leudachadh tro chonaltradh leis na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail. Tha sinn a' creidsinn gu bheil bunnachdan mòra an lùib seo do dhaoine fa leth agus don cho-chomann a thaobh leasachadh sgilean, fastaidheachd a thuilleadh air ar toileachas is sunnd. Ghabh Alba Chruthachail **ath-sgrùdadh air ar dleastanas ionnsachaidh chruthachail** os làimh ann an 2016/17. Tha an obair seo a' cur taic ri Alba Chruthachail agus an roinn nas fharsainghe gu tuigse cho-roinnte do dh'ionnsachadh cruthachail a leasachadh. Bidh an t-ath-sgrùdadh a' fiosrachadh prìomhachasan teachdail Alba Chruthachail airson obair san raon seo thar nan còig bliadhna a tha romhainn.

Mar thoradh air an ais-fhiosrachadh bhon cho-chomhairleachadh a chaidh a ghabhail os làimh tron phròiseas ath-sgrùdaidh, ann an 2017/18 bidh sinn a' toirt aogheachd do shreath de thachartasan air an deilbh gus eòlas is cleachdadh a roinn tarsainn na roinne agus ceanglaichean fhurastachadh le raointean eile san roinn phoblaich. Leanaidh sinn air adhart le ar ceannardas air ACEnet – an lìonra neo-fhoirmeil de luchd-dèanamh phoileasaidhean ann an Cultar is Foghlam bho air feadh na Roinn Eòrpa – agus Co-obrachadh Luchd-ealain Teagaisg Eadar-nàiseanta.

Tha sinn a' coimhead thairis air àireamh de phrògraman Maoineachaidh Cuimsichte a tha dealasach ann am meudachadh na h-àireimh de chothroman càileachdail do dhaoine òga, gu eòlasan ealanta is cruthachail fhaotainn. Leanaidh sinn air adhart a' libhrigeadh nan gnìomhachdan sin, leithid Time to Shine: ro-innleachd 10-bliadhna airson ealain nàiseanta Alba do dhaoine òga aois 0-25, am prògram Ais-airgead do Chruthachalachd agus Iomairt Ciùil Òigridh (YMI).

Chaidh Time to Shine a leasachadh ann an co-chomhairleachadh le 1,700 luchd-ùidhe. Gu ruige seo (eadar Samhain 2013 agus an t-Sultain 2016) tha an ro-innleachd air libhrigeadh:

- gnìomhachd ann am 24 Ùghdarras Ionadail.
- an sàs le 38,000 neach òg.
- cruthachadh 382 obair agus 449 cothrom saor-thoileach.
- conaltradh le 227 com-pàirtiche.
- leasachadh cudromach ann an daoine òga an sàs ann an co-dhùnaidhean aig gach ìre.

Bho luachadh neo-eisimeileach, tha fianais làidir ann gu bheil buaidh dheimhinneach aig Time to Shine air cumhachdachadh dhaoine òga. Tha seo a' leantainn gu daoine òga a' cur taic ri càch gus modhan air an stiùireadh le òigridh a leasachadh ann an raointean eile, agus a' toirt buaidh cudromach air am beatha. Leanaidh sinn air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil ar maoineachadh, gu h-àraid YMI, CashBack, agus buidseatan Ionnsachadh Cruthachail Cuimsichte a' fuireach co-shìnte ri prìomhachasan Time to Shine agus a' libhrigeadh tuilleadh bhuannachdan do chlann agus do dhaoine òga.

Tha sinn a-nis ag obair gus togail air obair Time to Shine agus dìleab na buaidh aige gu ruige seo, mar eisimpleir le bhith ag obair ann an com-pàirteachas le Young Scot gus an cuideachadh a' libhrigeadh na ciad bliadhna de phròiseact Buidheann Comhairleachaidh Ealain Òigridh agus a' Mhaoin Beathachaidh Tàlaint co-cheangailte ris. Ann an co-shineadh ris, tha sinn a' leasachadh chothroman gus a' bhuaidh agus an ruigsinneachd as motha a thoirt seachad bho iomairtean aig am bi dleastanas àrd-iomhaigheach ann an cur taic dìreach ri daoine òga rè leasachadh air Bliadhna nan Daoine Òga 2018. Tha seo a' gabhail a-steach rannsachadh air stèidheachadh Maoin Ealain Fhosgailte do Dhaoine Òga (a-mhàin do YOYP 18), tuilleadh leasachaidh air #UNCON 2.0 – a' cho-labhairt ealain òigridh nàiseanta mar thachartas com-pàirteachais de YOYP 18; agus leasachadh air Ar Saoghal Co-roinnte – pròiseact eadar-nàiseanta ioma-chompàirteachais air a stiùireadh le daoine òga.

Co-ionannachdan, Iomadachd is In-ghabhaltas

Bho 2013, nuair a dh'fhoillsich Alba Chruthachail Builean Co-ionannachd an toiseach, tha sinn air a bhith ag obair le com-pàirtichean air feadh na dùthcha gus cinn-uidhe ar plana 10-bliadhna 'Fuasgladh Comais, Gabhail ri Glòirmhiann' a choileanadh. Tha Alba Chruthachail a' cleachdadh 'EDI' no 'Co-ionannachdan, Iomadachd is In-ghabhaltas' Irsan ar dealas a shealltainn a thaobh leasachadh agus cur taic ri gnìomhachasan ealain, sgrion agus cruthachail a tha nas riochdachail don iomadachd ann an Alba an-diugh.

Tha sinn a' creidsinn gu bheil EDI mu dheidhinn cruthachadh nan suidheachaidhean airson toradh ealain cruthachail sàr-mhath. Tha co-ionannachd mu dheidhinn toirt air falbh nam bacaidhean agus tha iomadachd mu dheidhinn a bhith a' cur taic agus a' meòrachadh air na diofar chultaran ann an Alba, a' comasachadh ghuthan ealanta is chruthachail uile a bhith air an cluinntinn. Tha in-ghabhaltas mu dheidhinn cruthachadh nan suidheachaidhean do gach neach airson obair ann, conaltradh ri, com-pàirteachadh ann agus cur eòlas air ealain is cruthachalachd air feadh na dùthcha.

Tha ar ro-innleachdan airson ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail a' fighe EDI a-steach air fad. Tha luchd-ealain, riochdairean cultarach agus buidhnean ealain deatamach do cho-chomann fallain agus daineamach. Tha iad ag innse nan sgeulachdan mu ar n-iomadachd a' fàs agus a' cuideachadh le saorsa labhairt adhartachadh agus smaoineachadh is beachd-smuaintean neo-eisimeileach.

Ann an 2015, thòisich sinn air ath-sgrùdadh farsaing air Co-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltas, a' leudachadh ar cleachdaidh air 'Co-ionannachdan' gus sealltainn gu bheil e cuideachd a' toirt iomradh air iomadachd cleachdaidh is com-pàirteachadh cruthachail tarsainn feartan cho-ionannachdan, agus tha sinn soilleir gu bheil seo a' gabhail a-steach easbaidh sòisio-eaconamach. Tha sinn a' creidsinn gum feum gluasad bunaiteach a bhith anns an dòigh sa bhios sinn a' dèiligeadh le EDI. Tha cleachdadh eadar-mheasgte air ealain a' cruthachadh dheasbaidhean is cho-obrachaidhean ùra.

Is e aon de na puingeann tòiseachaidh as cudromaich do Alba Chruthachail, a bheil no nach eil sinn a' coileanadh ar dleastanasan laghail fon Achd Co-ionannachd 2010. Am-bliadhna, dh'fhoillsich sinn ar n-aithisg air **Priomh-shruthadh Cho-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltas**. Ach, chan eil ann an gèilleadh ach a' bhunait, agus leis fhèin cha choilean e àrd-amasan EDI Alba Chruthachail. Tha tuigse iomlan deatamach gu bheil EDI a cheart cho mòr na phrìomh ghnìomhachd gnothachais ri gin sam bith eile. Tha sinn ag amas air atharrachaidhean cultarach a thoirt mun cuairt, tuigse nas soilleir agus barrachd co-chur air EDI air feadh na buidhne.

Bu choir do gach neach a bhith airidh air cothrom obrach a dhùileachadh no com-pàirteachadh sna h-ealain, sgrion no gnìomhachasan cruthachail airson pàigheadh cothromach, cothroman air leasachadh pearsanta agus beachd air mar bu choir an t-àite-obrach aca a bhith ag obair. Tha e a' ciallachadh gum bu choir cothrom obrach agus adhartas san àite-obrach a bhith air bunait cho-ionann, agus cha bu choir anacothrom a bhith air daoine mar thoradh air dualchas no suidheachadh. Tha fios againn, mas urrainn dhuinn le chèile àrainneachd obrach nas fheàrr a stèidheachadh, fàsaidh mach-chur cruthachail na h-Alba nas làidire.

Tron bhliadhna seo, bidh sinn a' deasbad barrachd air na cùisean agus na bacaidhean leis a bheil sinn a' dèiligeadh ann an sreath de 'Còmhraidhean Cruthachail', ag ionnsachadh bho dheagh chleachdadh agus a' dùbhlachadh ar smaoineachaidh is ar modhan a tha air am fiosrachadh le Tha Co-ionannachd Cudromach (a' chiad ath-sgrùdadh farsaing air Co-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltas taobh a-staigh Earrann Sgrion na h-Alba) agus an t-suirbhidh Iomadachd sna h-Ealain aig an robh còrr air 1500 freagairt bho dhaoine ag obair anns na roinnean ealain. Tha sinn air anailis den dàta seo fhoillseachadh, a bhios còmhla ri dàta agus rannsachadh eile, a' cuideachadh le ar dleastanas leasachaidh a chumadh, ar stiùireadh maoineachaidh fiosrachadh agus ar plana gnìomha co-ionannachd a leasachadh barrachd.

Tha na buidhnean uile ann am fòilìo Maoinichte Cunbhalach le planaichean Cho-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltas nan àite, agus tha sinn **air uidheam a leasachadh** gus buidhnean a chuideachadh le modh-obrach seasmhach agus soirbheachail a thogail. Bidh sinn cuideachd ag obair gus pàigheadh agus suidheachaidhean cothromach adhartachadh san roinn, agus iomadachd is cothromachd gnèithe nas fheàrr a choileanadh anns an sgioba-obrach agus air Bùird nam buidhnean. Bidh sinn a' roinn susbaint EDI air an làraich-lìn againn mar thaic do luchd-ealain agus buidhnean.

Didseatach

Leanaidh sinn air adhart a' fighe a-steach didseatach mar thèama ceangail, ag adhartachadh àbhaisteachadh air innealan didseatach taobh a-staigh gnìomhachd obrachaidhean is margaideachd, agus cur taic ri ùr-ghnàthachadh ann an cleachdadh cruthachail.

Tro ar Maoineachadh Cuimsichte am-bliadhna, bidh sinn a' cuimseachadh air mar as urrainn do ùr-ghnàthachadh didseatach gnothachasan cruthachail na h-Alba a chomasachadh gu iad fhèin a shuidheachadh mar stiùirichean margaideachd. Leanaidh seo gu taic do dh'aireamh bheag de phròiseactan a stiùireas deagh chleachdadh, taisbeanadh mhodailean seasmhachd agus dèiligeadh le beàrnannan ann an ceannardas didseatach.

Leanaidh sinn air adhart cuideachd a' leasachadh ar sianalan conaltraidh didseatach fhèin mar àrd-ùrlaran do dhaoine agus do bhuidhnean do bheil sinn a' toirt taic, gu bhith labhairt mu dheidhinn an obair agus adhartachadh. Tha seo a' gabhail a-steach cleachdadh for-ghnìomhach air ar làraich-lìn agus air sianalan mheadhanan sòisealta mar stòran fiosrachaidh agus innealan airson tagradaireachd às leth nan ealan, sgrìon agus gnìomhachasan cruthachail.

Environment

Ann an 2013, dh'fhoillsich sinn ar **Poileasaidh Àrainneachdail**, agus tro bhith ag obair ann an com-pàirteachas le Carbon Cruthachail Alba (CCS), tha sinn a' cur taic ri buidhnean cultarach ann an Alba gus an seasmhachd àrainneachdail a leasachadh, a' gabhail a-steach tomhas air an sgaoilidhean carboin. Bidh sinn a' leasachadh Plana Gniomha Àrainneachdail tron bhliadhna seo.

Tha sinn a' tional fiosrachaidh air sgaoilidhean carboin bho Bhuidhnean Maoinichte Cunbhalach, agus na bu thràithe am-bliadhna (ann an com-pàirteachas le CCS), **dh'aithris sinn an dàta cruinnichte** airson a' chiad uair. Tha sinn ag amas air an dàta a th' againn a leasachadh agus ar tuigse is anailis. Bidh leasachadh luchd-obrach na phrìomhachas am-bliadhna gus am bi an luchd-obrach uile nas fhiosraichte mu bhuidhnean

àrainneachdail gnìomhachd Alba Chruthachail agus na buidhnean a tha sinn a' maoineachadh.

Tha sinn a' cumail air adhart a' tomhas agus ag aithris air sgaoilidhean carboin Alba Chruthachail agus a' leantainn air adhart a' feuchainn ri iad sin a lùghdachadh tarsainn ar gnìomhachd uile. Tha sinn dealasach a thaobh ar dleastanasan a choileanadh fo Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba)(2009).

Ionadail : Cruinneil

Àite

Tha luachan cumhachdachaidh na coimhearsnachd ionadail agus an cruinn-eòlas sònraichte aig cridhe ar n-amas a thaobh Ar n-Àite, a' cur taic ri agus a' comharrachadh leasachadh cruthachail ann an diofar àiteachan air a stiùireadh le com-pàirteachasan ionadail, agus a' cuideachadh le coimhearsnachdan làidir is taiceil a thogail. Rannsaichidh sinn barrachd dhòighean air buaidh shòisealta a leasachadh tro ar n-obair.

Bho 2011, tha sinn air 15 Com-pàirteachasan Àite a leasachadh air feadh Alba - le 13 dhiubh fhathast a' dol air adhart. Tha Com-pàirteachasan Àite air an deilbh airson coimhearsnachdan cruthachail, Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean poblach eile is an com-pàirtichean a bhrosnachadh agus a thaic, gu obair còmhla airson cothroman a leasachadh, beachd-smuaintean a phiobrachadh, àrd-amas a mheudachadh agus gnìomhachd chruthachail a libhrigeadh a tha freagarrach do na cothroman is dùbhlannan sònraichte ann an sgìre ionadail, agus leasachadh cruthachail a neartachadh san sgìre aca. Togaidh sinn air an ionnsachadh bhon phrògram seo agus tron bhliadhna mapaidh sinn lìonraidhean cruthachail ionadail air feadh Alba, gus tuigse nas fheàrr a chosnadh air doimhneachd na gnìomhachd chruthachail taobh a-staigh ar coimhearsnachdan. Tro ar fòcas air obair àite, is urrainn dhuinn conaltradh nas doimhne a dhèanamh le com-pàirtichean ionadail gus obair àite fhisge a-steach a rèir nan luachan agus an deagh chleachdadh ann an cumhachdachadh coimhearsnachd, a' togail air ar n-eòlas ro-làimh agus cumail suas tuigse mhath do sgìrean Ùghdarras Ionadail agus an coimhearsnachdan cruthachail.

Tha sinn gu làithreach a' liubhairt £30m de dh'inbheisteadh calpa air a phlanadh nar bun-structar cultarach a leanas air adhart tro 2017/18. Thar na bliadhna seo, cuiridh sinn crìoch air ath-sgrùdadh air prògram Calpa Mòr gus prìomhachasan inbheistidh calpa sam bith san àm ri teachd fhiosrachadh.

Plana Gàidhlig

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt iomlan de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarach Alba. Tha sinn dealasach a thaobh nan cinn-uidhe air am mìneachadh sa Phlana Gàidhlig Nàiseanta a choileanadh, agus tha sinn air iomairtean a chur nan àite gus cuideachadh le dhèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd, agus gu h-àraid, le dleastanas iomlan ann am beatha ealanta is chultarach bheòthail na h-Alba.

Tha ar **Plana Gàidhlig** a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obrachaidhean, ar conaltradhean agus cur taic ri Gàidhlig nar maoinachadh air na h-ealain, sgrìon agus gnìomhachasan cruthachail ann an Alba. Tha ar conaltradh le cànan is cultar na Gàidhlig mar-thà farsaing ach tha sinn a' tuigsinn cuideachd gun urrainn dhuinn barrachd a dhèanamh.

A thaobh ar maoinachaidh, tha sinn a' cur taic ri buidhnean, luchd-ealain, luchd-cleachdaidh agus pròiseactan sa bheil susbaint Ghàidhlig no a' nochdadh cultar na Gàidhlig. Tha iad sin a' còmhdach an speactram ealanta is cruinn-eòlasach bho fhèisean leithid Fèis Cheilteach Innse Gall agus Celtic Connections, buidhnean leithid Fèisean nan Gàidheal agus Fèis Rois, troimhe gu ionadan ealain ioma-chruthach mar An Lanntair ann an Steòrnabhagh agus buidhnean mar Ealain is Cultar Triadiseanta Alba (TRACS) ann an Dùn Èideann.

Tha sinn cuideachd a' cur taic ri foillseachadh, litreachas agus bàrdachd Ghàidhlig, theatar Ghàidhlig agus ealain lèirsinneach fo bhuidhean cultar na Gàidhlig.

Tha sinn cuideachd ag obair ann an com-pàirteachas le MG ALBA agus FilmG, a' leasachadh craoladh sa Ghàidhlig, TBh agus film.

Tha sinn ann am pròiseas ùrachaidh air ar Plana Gàidhlig airson 2017-2022 agus thèid seo fhoillseachadh san Fhoghar 2017, a' leantainn air ùine de cho-chomhairleachadh poblach.

Poileasaidh Cànan Albais

Tha Alba Chruthachail a' cur luach air agus a' gabhail ris an àite chudromach a tha Albais air a choileanadh, agus a' leantainn air adhart a' coileanadh, anna n cumadh cruth-tìre chultarach na h-Alba. Tha ar Poileasaidh Cànan Albais a chaidh fhoillseachadh ann an 2015, a' nochdadh taic Alba Chruthachail do dh'inbhe nan Albannach, taobh ri taobh le Gàidhlig is Beurla, mar aon de na trì cànan tùsail ann an Alba.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil Albais na pàirt iomlan de dhearbh-aithne agus beatha chultarach na h-Alba agus gur i an cànan libhrigidh chruthachail do mhòran luchd-ealain agus luchd-cleachdaidh chruthachail air feadh na dùthcha.

Tha am poileasaidh a' daingneachadh dealas Alba Chruthachail a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach à leasachadh àrd-amasail is seasmhach do dh'Albais tarsainn nan ealan, sgrion agus gnìomhachasan chruthachail. Is e ar cinn-uidhe inbhe a' chànan Albais a neartachadh am measg dhaoine is choimhearsnachdan air feadh Alba; togail agus leasachadh air Albais adhartachadh; agus cleachdadh meudaichte air Albais a bhrosnachadh mar mheadhan conaltraidh dligheach is faicsinneach.

Bidh gnìomhachd ann an Albais air a bhrosnachadh ann an obair dhaoine fa leth agus bhuidhnean a tha sinn a' maoineachadh (a' gabhail a-steach fòilio Bhuidhnean Maoinichte Cunbhalach agus iadsan a tha a' faotainn taic bho Mhaoineachadh Phròiseactan Fosgailte agus Maoineachadh Cuimsichte).

Bidh riochdachadh a' sìor fhàs air a' chànan Albais ann an conaltraidhean Alba Chruthachail. Cruthaichidh sinn àrd-ùrlaran èifeachdach gus mothachadh a thogail do luach Albais – a' gabhail a-steach gnìomhachd le ar luchd-obrach, buidhnean maoinichte agus daoine fa leth – agus bidh sinn ag obair le buidhnean com-pàirteachais gus gach cothrom a ghabhail airson mothachadh, tuigse do agus cleachdadh air Albais a thogail – an dà chuid gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus togail air cothroman airson tuilleadh leasachaidh.

Tha am poileasaidh air taic fhaotainn bho fhastadh air a' chiad Sgrìobhaiche Albais (Scots Scribe) san t-Sultain 2015. Mar cho-iomairt le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, bha am pròiseact a' gabhail a-steach cur an dreuchd air Hamish Macdonald air mhuinntearas san leabharlann, le dleastanas sònraichte gu obair cho-aimsireil ann an Albais a thoirt gu buil co-cheangailte ri tasglann an leabharlann, agus gu bhith na thagradair faicsinneach agus èasgaidh airson cleachdadh air Albais ann am beatha chruthachail na h-Alba.

Eadar-nàiseanta

Leanaidh sinn air adhart ag obair le Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean nàiseanta is eadar-nàiseanta eile, a' gabhail a-steach Comhairle Bhreatainn, gus taic a chur ri libhrigeadh air ar còigeamh àrd-amas ro-innleachdail airson a dhèanamh cinnteach gu bheil Alba na nàisean chruthachail shònraichte co-cheangailte ris an t-saoghal. Tha ar modh-obrach a thaobh a bhith ag obair san raon eadar-nàiseanta còmhla ri com-pàirtichean, agus na buidhnean is daoine fa leth a tha sinn a' maoineachadh, ag amas air ar thar-shealladh air a' chruth-tìre chultaraich àrdachadh, na raointean a chomharrachadh sam faod Alba Chruthachail dleastanas ceannardais cudromach a ghabhail agus a' sireadh ri cothroman is margaidean ùra a leasachadh. Tha ceithir prìomh thèaman a' mìneachadh mar a thèid seo a choileanadh:

- **In-mhalairt** – Tha coimhearsnachdan agus eaconamaidhean ionadail ann an Alba a' cur eòlas air na buannachdan an lùib gabhail ri eòlasan àrd-chàileachdail eadar-nàiseanta.
- **Às-mhalairt** – Tha gnòthachasan cruthachail Alba a' toirt a' chomais as àirde à margaidean eadar-nàiseanta. Tha obair sàr-mhath àrd-chàileachdail air a chruthachadh ann an Alba air adhartachadh fad is farsaing 's air a mheas, agus tha obair com-pàirteachais èifeachdach a' comasachadh do chothroman is margaidean eadar-nàiseanta ùra a thighinn am bàrr.
- **Iomlaid chultarach** – Tha cothroman aig luchd-ealain agus luchd-cleachdaidh chruthachail an cleachdadh a dhoimhneachadh tro chòmhradh, iomlaid agus co-obrachadh eadar-nàiseanta, a' leudachadh eòlais, in-shealladh agus ùr-ghnàthachadh.
- **Dioplòmasaidh Chultarach** – Neartachadh dhàimhean eadar-nàiseanta a tha ag adhartachadh Alba mar ionad cudromach cruinneil airson ealain, sgrìon agus gnìomhachasan cruthachail le cultar eadar-mheasgte saidhbhir aig a bheil freumhan làidir traidiseanta agus miann air deuchainneadh is ùr-ghnàthachadh. Neartachadh dhàimhean poiliteagach, eaconamach, sòisealta agus cruthachail tarsainn dhùthchannan a' ceangal a-steach do sgìrean cuimsichte leis an Riaghaltas sna Stàitean Aonaichte, Canada, Iapan, Na

h-Innseachan agus Pagastan; iomairtean com-pàirteachais bailteil; agus buidhnean-riochdachaidh eadar-nàiseanta.

Tha Alba Chruthachail a' cur taic ri leudachd de fhèisean ann an Alba tro an dà chuid ar Maoineachadh Cunbhalach agus Maoineachadh Phròiseactan Fosgailte, leithid Celtic Connections, Glaschu Eadar-nàiseanta, Fèis Film Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann agus Fèis Cheilteach Innse Gall, a' gabhail ri eòlasan àrd-chàileachdail eadar-nàiseanta agus cruthachadh bhuannachdan fad-amail do luchd-ealain, coimhearsnachdan agus eaconamaidhean ionadail. Tha na fèisean sin a' tarraing luchd-ealain, luchd-èisteachd agus meadhanan bho gach mòr-thìr, a' tairgsinn chothroman airson iomlaid chultarach is turasachd air feadh Alba air fad. Tha a' bhliadhna seo a' comharrachadh an 70mh ceann-blaidhna de Fhèisean Dhùn Èideann.

Tha sinn a' co-obrachadh le VisitScotland, Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean poblach eile na h-Alba mar thaic do thachartasan cultarach ag ìomhaigheadh cultar co-aimsireil is traidiseanta na h-Alba agus luach a tha a' sìor fhàs ann an Turasachd Chultarach. Tha sinn gu gnìomhach a' cur taic ri prògram thèamaichte na bliadhna agus bidh fòcas sònraichte ann am Bliadhna nan Daoine Òga ann an 2018, a' co-cheangal ri daoine òga air feadh an t-saoghal.

Conaltraidhean

Còmhla ri ur dealas a thaobh taic do na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail tro mhaoineachadh is leasachadh, tha dleastanas oirnn a bhith a' tagradair eachd agus a' toirt buaidh dheimhinneach às leth nan roinnean do bheil sinn a' toirt taic.

Gus cuideachadh leis an raon-dleastanais seo a liubhairt, tha Plana Conaltraidh soilleir airson na bliadhna, le gnìomhachd air a phlanadh mar thaic do dh'obair nas fharsainge Alba Chruthachail agus na h-ealain, sgrion is gnìomhachsan cruthachail. A thuilleadh air iomradh a thoirt air a' cho-theacsa taobh a-staigh sa bheil ar conaltraidhean ag obrachadh; tha am plana a' mìneachadh prìomh raointean obrach airson na bliadhna romhainn a thaobh conaltraidhean corporra, dàimhean mheadhanan agus PR, dàimhean Riaghaltais, conaltraidhean didseatach (eadar-lìon agus meadhanan sòisealta), margaideachd agus ceistean, conaltraidhean air an taobh a-staigh, tachartasan, Gàidhlig agus Albais agus mar a tha an obair seo a' cur tai cri libhrigeadh air plana 10-bliadhna Alba Chruthachail.

Is e amas na gnìomhachd conaltraidh seo:

- **Fiosrachadh:** Dèanamh cinnteach gu bheil ar gnìomhachd conaltraidh uile a' solarachadh fiosrachadh soilleir, ceart agus iomchaidh do na daoine freagarrach aig an àm cheart tro na sianalan ceart.
- **Buaidh:** Conaltradh ann an dòigh a tha a' toirt buaidh dheimhinneach air seasamhan, mothachadh agus luachadh do na h-ealain, sgrion agus gnìomhachasan cruthachail am measg ar luchdan-èisteachd uile.
- **Brosnachadh:** Cleachdadh ar conaltraidhean gus tagradh airson agus obair nan ealan, sgrion is gnìomhachasan cruthachail adhartachadh is a chomharrachadh do dh'àireamh de luchd-èisteachd cho mòr 's a ghabhas.

Libhrigidh sinn taic chonaltraidhean do phrògram obrach planaichte Alba Chruthachail tron bhliadhna, ag adhartachadh na h-obrach seo tarsainn nan ealan, sgrion is gnìomhachasan cruthachail.

Leanaidh sinn air adhart a' toirt feum èifeachdach à conaltraidhean didseatach mar phàirt de ar Plana Conaltraidh iomlan airson 2017/18, gus obair nan ealan, sgrion is gnìomhachasan cruthachail adhartachadh 's a chomharrachadh do dh'àireamh de luchd-èisteachd cho mòr 's as urrainn tro ar làraich-lìn agus sianalan mheadhanan sòisealta a tha a' fàs.

Bidh seo a' gabhail a-steach cleachdadh gnìomhach agus làitheil air meadhanan sòisealta gus obair nan ealan, sgrion is gnìomhachasan cruthachail a roinn cho farsaing 's a ghabhas; sgrùdaidhean cùise agus feartan, air an leasachadh ann an com-pàirteachas le luchd-ealain agus buidhnean cruthachail, air am foillseachadh gu cunbhalach air an làraich-lìn againn; brathan naidheachd is mheadhanan; agus program thachartasan fad-bliadhna.

Cleachdaidh sinn ar conaltraidhean gus ar cùis airson maoinachadh a leudachadh agus a mheadachadh, a' gabhail a-steach **Conaltraidhean Cruthachalachd Cudromach**, gus mothachadh agus tuigse àrdachadh don luach a tha maoinachadh poblach do na h-ealain, sgrion is gnìomhachasan cruthachail a libhrigeadh do dh'Alba, agus leanaidh sinn le ar fòcas air conaltraidhean èifeachdach agus togail dàimh deimhinneach le BPA agus an Riaghaltas.

Gu sònraichte, libhrigidh sinn taic chonaltraidhean èifeachdach airson Maoineachadh Cunbhalach 2018-21 – stiùireadh, co-chur, ainmeachadh co-dhùnadh agus stuth leantainn – le plana conaltraidh ainmichte.

Nì sinn tomhas air èifeachdas ar gnìomhachd conaltraidh tro rannsachadh cunbhalach le ar luchd-èisteachd agus aithris air an seo mar phàirt de ar Ath-sgrùdadh Bliadhnail.

A Bhith nar Buidheann Co-obrachail

Ged is e Alba Chruthachail am prìomh bhuidheann san roinn phoblaich a' cur taic ris na h-ealain, sgrion agus gnìomhachsan cruthachail ann an Alba, tha sinn ag obair cuideachd ann an com-pàirteachas le mòran daoine agus buidhnean gus cuideachadh leis an taic seo a libhrigeadh.

Tha sinn dealasach a thaobh a bhith nar buidheann aig a bheil eòlas buntainneach tarsainn ar sgiobaidhean, a thuilleadh air a bhith nar buidheann a tha an-còmhnaidh ag ionnsachadh. Tha sinn a' coileanadh seo tro èisteachd ris na daoine a tha a' cleachdadh ar seirbheisean; tarraing air an eòlas a tha aig daoine fa leth, aig buidhnean agus buidhnean poblach leis a bheil sinn ag obair, agus a' cur gu feum ar n-eòlas is sgilean còmhla airson gach taobh de ar n-obair fhiosrachadh.

Mar bhuidheann poblach, tha fios againn gun libhrig sinn seirbheisean nas fheàrr le bhith ag obair gu h-èifeachdach ann an com-pàirteachasan aig a bheil adhbhar soilleir agus builean aithrisichte. Tha ar luachan a' cur taic ri prionnsapalan Ath-leasachadh Seirbheis Phoblach Riaghaltas na h-Alba:

- Casg – Lùghdachadh iarrtas san àm ri teachd le bhith a' cur bacadh air duilgheadasan a bhith ag èitigh no dèiligeadh leotha sa bhad. Claonadh a thobh casg adhartachadh, daoine a chuideachadh gu tuigsinn gur e seo an nì ceart a dhèanamh, an roghainn a tha na lùib a thuilleadh air na buannachdan a dh'fhaodas e a tharraing.
- Coileanadh – Fòcas soilleir a thaisbeanadh air leasachadh leantainneach air na builean nàiseanta, cur an sàs mhodhan leasachaidh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean gu cunbhalach air an deagh dheilbh stèidhichte air an fhianais as fheàrr agus air an libhrigeadh leis na daoine ceart, do na daoine ceart, aig an àm cheart.
- Daoine – Feumaidh sinn làn chruthachalachd is comas dhaoine fhosgladh aig gach ìre de sheirbheis poblach, gan cumhachdachadh gu obair còmhla ann an dòighean ùr-ghnàthach. Feumaidh sinn dòighean a chruthachadh do dhaoine is coimhearsnachdan gu seirbheisean a cho-thoradh mu thimcheall an sgilean agus lionraidhean.

- Com-pàirteachas – Feumaidh sinn com-pàirteachas is co-obrachadh ionadail a leasachadh, a' toirt chom-pàirtichean poblach, priobhaideach is treas roinne còmhla le coimhearsnachdan gus builean co-roinnte a tha cudromach do dhaoine, a libhrigeadh.

Gabhail ri ealantas bhon taobh a-muigh

Ann an libhrigeadh a' Phlana Bhliadhnail seo, bidh sinn a' tarraing air ar n-eòlas ann an leudachadh air ar dàimh obrach le daoine fa leth san roinn, a' faotainn buannachd bhon eòlas fharsaing aca agus meudachadh faicsinneachd ar modh-obrach is ar pròiseasan. Tha a' chomhairle eòlach seo air taic is fiosrachadh a chur ri mòran taobhan de ar n-obair.

Tha am Frèam-obrach Ath-sgrùdaidh Ealanta is Chruthachail air comas a thoirt dhuinn buidheann de 45 Ath-sgrùdair Chomhaoisean a tharraing còmhla, air an trusadh gu fosgailte bho air feadh na RA; sholaraidh an eòlas fìor fharsaing agus àrd-chreidsinneach aca Buidhnean Maoinichte Cunbhalach le seallaidhean luachmhor, ùra agus neo-eisimeileach air gnìomhachd ealanta is cruthachail, a' fiosrachadh leasachadh air tuilleadh obrach am-bliadhna.

Fhad 's a tha sinn a' coileanadh measadh air Maoineachadh Cunbhalach, tha eòlas 38 Measadair air tagraidhean Maoineachadh Phròiseactan Fosgailte, a' toirt luach a bharrachd don phròiseas.

Chaidh Buidheann Ceannardais na Roinne Sgrion, a tha Alba Chruthachail a' ruith, a stèidheachadh gus conaltradh dìreach leis a' ghnìomhachas sgriona a dhèanamh cinnteach agus buidhnean poblach a chomasachadh gu tuigse is dèiligeadh nas fheàrr le fheumalachdan.

Tha buill de Buidhnean Stiùiridh airson Ath-sgrùdaidhean Roinne - Litreachas is Foillseachadh o chionn ghoirid - agus airson Ath-sgrùdadh Ionnsachadh Cruthachail, air in-shealladh, dùbhlán agus neo-phàirteachd a tharraing do phròiseas leasachaidh air prìomh raointean den obair.

Tha sinn taingeil do gach neach a tha air cur ris gach aon de na raointean obrach air leth sin agus bu mhath leinn taing a thoirt dhuibh airson a' ghliocais, an in-shealladh agus an cùram a tha sibh air a chur ris an obair againn.

Leasachadh buidheannail leantainneach

Ann an 2015/16, thòisich sinn a' leasachadh plana gnothachais ICT airson Alba Chruthachail. Leanaidh sinn air adhart a' leasachadh agus a' buileachadh a' phlana ICT am-bliadhna, a' togail air a' bhuileachadh air SWAN (Lìonra Sgìreil Alba) an-uiridh gus comas-ceangail dàta àrd-chàileachdail a sholarachadh don dà làrach oifis againn agus stèidheachd don ath ìre de ath-ùrachadh ICT.

Bho 2014, tha sinn air modh-obrach nas structaraichte a leasachadh a thaobh stiùireadh ar dàimhean le Buidhnean Maoinichte Cunbhalach, a' gabhail a-steach neartachadh air dleastanas Oifigearan Stiùiridh. Tha sinn ag obair leis gach aon de na RFOan gus aontaidhean maoineachaidh fa leth a chrìochnachadh agus air leabhar-làimhe RFO a thoirt gu buil a tha gu soilleir ag aithris mar a choileanas sinn ar dleastanasan, a' gabhail a-steach ar dleastanas co-roinnte ann an stiùireadh mhaoinean poblach gu h-èifeachdach agus gu buadhmhor.

Bidh sinn cuideachd a' neartachadh an fhiosrachaidh a tha sinn a' tional mun obair a tha sinn a' maoineachadh. Cleachdaidh sinn am fiosrachadh seo ann an dòigh nas èifeachdaiche gus ar n-obair fhìn fhiosrachadh, agus am fiosrachadh seo a roinn le daoine a tha ag obair ann an gnìomhachasan nan ealan, sgrion is cruthachail, a thuilleadh orrasan a tha a' cur taic riutha agus gam maoineachadh.

Ann an 2015, dh'fhoillsich sinn **Frèam-obrach Coitcheann Seirbheis** do dh'Alba Chruthachail gus am bi fios aig gach neach air an ìre seirbheis a bu chòir dhaibh a dhùileachadh bhuainn mar bhuidheann poblach, agus tha sinn gar cumail fhìn cunntachail airson nan ìrean as àirde de sheirbheis phoblach a libhrigeadh.

Is e daoine, an eòlas, agus càileachd an dàimhean a tha gar dèanamh nar buidheann soirbheachail. Tha ar Ro-innleachd Dhaoine a' comasachadh dhuinn coileanadh air ar planaichean ro-innleachdail is obrachaidh, a' co-shìneadh ar structaran agus pròiseasan le ar n-àrd-amasan is luachan. Tha e a' cur taic ri libhrigeadh air ar n-obair agus a' cruthachadh àite far am faod daoine obair agus soirbheachadh taobh a-staigh cultar de dh'earbsa agus spèis do chàch a chèile.

An-uiridh, chuir sinn crìoch air ar ciad Ro-innleachd Dhaoine 2014-16 dà-bhliadhna, anns an robh ochd raointean prìomhachais:

- Ath-ùrachadh structar ar luchd-obrach
- Leasachadh sgilean is trèanadh
- Leasachadh ceannardais agus comasachd stiùiridh
- Stiùireadh èifeachdach dhaoine
- Sunnd chosnaichean
- Conaltradh èifeachdach a-staigh
- Ro-innleachd oighreachdan
- Siostaman is pròiseasan èifeachdach

Am-bliadhna, bidh sinn ag ath-sgrùdadh buileachadh air an Ro-innleachd Dhaoine agus a' leasachadh ar modh-obrach airson an dà bhliadhna a tha romhainn, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn gu h-iomlan a' fighe a-steach mach-churan na ro-innleachd làithreach.

Rè 2015/16, ghluais sinn gu structar obrachaidh ath-sgrùdaichte gus am bi daoine leis na sgilean agus leis an eòlas cheart cuimsichte air a bhith a' cur taic ri an raointean speisealaichte. Tha Alba Chruthachail dealasach a thaobh solarachadh agus cumail suas cultar de ionnsachadh, leasachadh agus feabhasachadh leantainneach don luchd-obrach uile, agus an-uiridh dh'fhoillsich sinn ath-sgrùdaidhean 360 puing mar thaic do leasachadh luchd-obrach, agus leanaidh sinn air adhart a' libhrigeadh eadar-theachdan ionnsachaidh is leasachaidh air feadh na buidhne, a' gabhail a-steach trèanadh a thaobh cho-ionannachdan, iomadachd agus in-ghabhaltas gus libhrigeadh èifeachdach air prìomh raointean gnothachais a dhèanamh comasach.

Tha ar buidheann sunnd chosnaichean air sreath de ghnìomhachdan a libhrigeadh, a' solarachadh fiosrachadh agus ionnsachadh air measgachadh de chùisean a' gabhail a-steach mothachadh do shlàinte inntinn, làimhseachadh ro-uallach, biadh fallain, cùram droma agus sunnd coitcheann. Mar thoradh air an obair shàr-mhath seo, chaidh Duais Umha Beatha Obrach Fhallain an NHS a bhuileachadh oirnn agus leanaidh sinn air adhart ag obair a dh'ionnsaigh coileanadh air an Duais Airgid.

Coileanaidh sinn ar dàrna suirbhidh air conaltradh cosnaiche am-bliadhna, a fhuair reat freagairt sàr-mhath de 90% bho luchd-obrach na ciad shuirbhidh ann an 2015. Bho mhach-churan na ciad shuirbhidh, chaidh ceithir prìomh thèaman a chomharrachadh agus dh'obraich buidhnean luchd-obrach gu dlùth leis an sgioba stiùiridh gus planaichean gnìomha airson leasachadh a libhrigeadh agus a bhuileachadh.

Geàrr-iomradh Buidseit 2017/18

Teachd-a-steach: Giblean 2017 – Màrt 2018

	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Iomlan (£)
Maoineachadh Tabhartas Cuideachaidh Riaghaltas na h-Alba	32,112,000		32,112,000
Maoinean Cuibhrichte Riaghaltas na h-Alba (airson adhbhar sònraichte)	13,342,092		13,342,092
Teachd-a-steach a' Chrannchuir Nàiseanta		28,070,600	28,070,600
Maoinean bho chom-pàirtichean pròiseict	68,100	425,100	493,200
Teachd-a-steach Iomlan	45,522,192	28,495,700	74,017,892

Caiteachas: Giblean 2017 – Màrt 2018

Tabhartasan	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Iomlan (£)
Maoineachadh Cunbhalach	26,615,169	5,844,804	32,459,973
Maoin Phròiseactan Fosgailte	124,600	10,420,400	10,545,000
Maoineachadh Cuimsichte	14,147,546	10,087,100	24,234,646
Calpa (buileachaidhean roimhe)		2,965,000	2,965,000
Tabhartasan Iomlan	40,887,315	29,317,304	70,204,619
Cosgaisean Obrachaidh (gabhail a-steach in-chalpa)	4,634,877	3,017,600	7,652,477
Caiteachas Iomlan Geallta	45,522,192	32,334,904	77,857,095

Cosgaisean Obrachaidh: Giblean 2017 – Màrt 2018

	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Iomlan (£)
Luchd-obrach	3,155,100	2,087,400	5,242,500
Cosgaisean Seilbhe is Oifis	553,277	296,200	849,477
Dàimhean a-muigh, rannsachadh margaideachd is làraichean	186,000	155,000	341,000
Cisean laghail is pròifeiseanta isleachaidh	335,200	115,000	450,200
ICT	144,500	53,000	197,500
Eile a' gabhail a-steach calpa a-staigh	260,800	311,000	571,800
Cosgaisean Obrachaidh Iomlan	4,634,877	3,017,600	7,652,477

Tha sinn a' sgrùdadh ar cosgaisean obrachaidh mar cheudad de chaiteachas. Tha iad sin air an ro-innse gu bhith £7.6m ann an 2017/18, 9.8% den chaiteachas iomlan. Tha caiteachas a' chrannchuir air a bhuidseatadh gu bhith £3.8m a bharrachd air teachd-a-steach mar thoradh air an dealas phlanaichte a thaobh pròiseactan calpa, far am bi am mach-shruth air airgead a' gabhail àite ann am bliadhnaichean ionmhasail ri teachd.

Buidhnean Maoinichte Cunbhalach: Giblean 2017 – Màrt 2018

	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Iomlan (£)
Ealain Coileanaidh Obair Dheathain	334,000		334,000
An Lanntair	388,334		388,334
Gniomhachasan Troma Arika	200,000		200,000
Gailearaidh Trusaidh Luchd-ealain	295,000		295,000
Ealain Atlas	150,000		150,000
Com-pàirteachas Gaiety Inbhir Àir		75,000	75,000
Baileat Barrowland	140,000		140,000
Am Beacon		200,000	200,000
Companaidh Theatar Birds of Paradise		150,000	150,000
Companaidh Theatar Catherine Wheels		213,750	213,750
Celtic Connections	183,333		183,333
Ionad nan Ealan Cho-aimsireil	629,000		629,000
Ionad Ìomhaigh Ghluasadach	1,066,000		1,066,000
Taigh-cluiche an Citizens	1,111,000		1,111,000
Citymoves	100,000		100,000
Comar	416,668		416,668
An Comann Coitcheann	185,000		185,000
Conflux Alba	150,000		150,000
Pàirc Cove	133,336		133,336
Ceàird Alba	325,300		325,300
Cryptic	250,000		250,000
Taigh-cluiche Chomar nan Allt	246,667		246,667
Curious Seed	138,585		138,585
Dance Base Earranta	408,333		408,333
Taigh Dannsa		80,000	80,000
Ealain Deveron		110,000	110,000
Stèidheachd Dovecot	100,000		100,000
Drake Music Alba		118,000	118,000
Ealain Co-aimsireil Dhùn Dè	668,000		668,000
Taigh-cluiche Dhùn Dè	1,085,150		1,085,150
Dunedin Consort	100,000		100,000
Cùirt Èidein	700,000		700,000
Fèis Ealain Dhùn Èideann	100,000		100,000
Comann Froidhneas Fèis Dhùn Èideann	70,000		70,000
Fèis Leabhraichean Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann	278,667		278,667
Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann	2,318,000		2,318,000
Clò-bhualadairean Dhùn Èideann	160,000		160,000
Bùth-obrach Snaighidh Dhùn Èideann	233,333		233,333
Baile Litreachais Cruinneil Dhùn Èideann		95,000	95,000
Enterprise Music Alba		225,000	225,000
Fèis Rois		220,000	220,000
Fèisean nan Gàidheal		466,667	466,667
Festival and King's Theatre		105,000	105,000
Contemporary Fìobha	103,137		103,137
Fire Exit	175,000		175,000
Gailearaidh Margaid nam Measan	600,400		600,400
Comhairle nan Leabhraichean	207,000		207,000

Buidhnean Maoinichte Cunbhalach: Giblean 2017 – Màrt 2018

	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Iomlan (£)
Glasgow Film Theatre	634,000		634,000
Glasgow International	90,000		90,000
Glasgow Lunchtime Theatres	150,000		150,000
Glasgow Print Studios	160,000		160,000
Glasgow Sculpture Studios	166,333		166,333
Glasgow Women's Library		100,911	100,911
Grid Iron Theatre Company	220,000		220,000
Hands Up for Trad		133,336	133,336
Hebrides Ensemble	183,334		183,334
Highland Print Studio	100,000		100,000
Horsecross Arts	333,800		333,800
Hospitalfield Arts	100,000		100,000
Indepen-dance (Scotland)		100,000	100,000
Imagine		365,000	365,000
Janice Parker Projects	124,370		124,370
Luminate		100,000	100,000
Lung Ha's Theatre Company		151,180	151,180
Macrobert Arts Centre	412,000		412,000
Mischief La-Bas	205,000		205,000
Moniack Mhor	116,333		116,333
The National Piping Centre		150,000	150,000
National Youth Choir of Scotland		200,000	200,000
National Youth Orchestras of Scotland		216,666	216,666
North East Arts Touring		91,634	91,634
North Lands Creative Glass	186,000		186,000
NVA (Europe)	150,000		150,000
Paragon Ensemble	95,000		95,000
Peacock Visual Arts	264,000		264,000
Pier Arts Centre	266,666		266,666
Pitlochry Festival Theatre	425,000		425,000
Plan B Collaborative Theatre	158,702		158,702
Platform - Glasgow East Arts		110,000	110,000
Playwrights' Studio Scotland	193,311		193,311
Project Ability		143,334	143,334
Publishing Scotland	280,000		280,000
Puppet Animation Scotland	183,670		183,670
Theatar Rapture		125,000	125,000
Co-cheòladairean Red Note	215,000		215,000
Sgrion Sgìreil Alba		225,043	225,043
Taigh-cluiche Rìoghail Lyceum	800,000		800,000
Urras Leabhraichean na h-Alba	859,932		859,932
Theatar Dannsa na h-Alba	896,520		896,520
Co-cheòladairean Alba	333,334		333,334
Film Alba Earranta (Ionad Film Alba)		56,440	56,440
Ionad Ciùil Albannach	190,000		190,000
Orcastra Jazz Nàiseanta na h-Alba		227,675	227,675

Buidhnean Maoinichte Cunbhalach: Giblean 2017 – Màrt 2018

	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Iomlan (£)
Leabharlann Bàrdachd na h-Alba	316,668		316,668
Bùth-obrach Snaighidh na h-Alba	195,000		195,000
Dannsa Òigridh na h-Alba		183,334	183,334
Buidheann Leasachaidh Ealain Shealtainn	250,000		250,000
Solar Bear		200,000	200,000
Fèis Eadar-nàiseanta St Magnus	166,666		166,666
Stellar Quines		166,000	166,000
Lìonra The Stove		50,000	50,000
Street Level Photoworks	147,000		147,000
Urras Taigh Chearsabhagh	101,000		101,000
Timespan – Dualchas is Ealain Bhun Ildh	101,612		101,612
An Lionra Tùraidh		120,000	120,000
TRACS	449,000		449,000
Tramway	380,000		380,000
Gailearaidh Transmission	70,000		70,000
Gailearaidh air Siubhal		153,333	153,333
Taigh-cluiche an Traverse	812,675		812,675
Taigh-cluiche an Tron	807,000		807,000
Companaidh Theatar Vanishing Point	247,000		247,000
Visible Fictions	220,000		220,000
Ealain Saor-thoileach Alba		100,000	100,000
Fèis Bhaile na h-Ùige		58,500	58,500
Ealain Woodend		134,000	134,000
The Work Room	110,000		110,000
Ealain Theatar Òigridh na h-Alba		125,000	125,000
Maoinachadh Cunbhalach Iomlan	26,615,169	5,844,804	32,459,973

Maoinean Ealain is Conaltraidh Cuimsichte: Giblean 2017 – Màrt 2018

Ainm na Maoin	Adhbhar	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Total (£)
Iomairt Ciùil Òigridh*	Cur taic ri cothroman ciùil do dhaoine òga aois 0-25 bliadhna.	9,000,000		9,000,000
Ais-airgead airson Cruthachalachd*	Tairgsinn cothrom do dhaoine òga aois 10-25 bliadhna air feadh Alba, a dhol an sàs ann an gnìomhachd chruthachail is chultarach.	874,092		874,092
Time to Shine – Companaidhean Ealain Ghnìomhach Òigridh Nàiseanta*	Taic do SYT gus gnìomhachdan a libhrigeadh ann an co-rèir ri am Plana Gnothachais ùr, agus taic a chur ri YDance, NYOS agus NYCoS airson an dreuchd thosgairach eadar-nàiseanta a leasachadh.	250,000		250,000
Sistema*	Prògram dìon orcastralach do chlann aois sgoile agus do dhaoine òga gus atharrachadh sòisealta maireannach a chruthachadh ann an cuid de na coimhearsnachdan as bochda ann an Alba.	455,000		455,000
Ro-innleachd Ealain	Libhrigeadh air an Ro-innleachd Ealain.	87,964	250,000	337,964
Seachdain Leabhraichean Alba	Seachdain Leabhraichean Alba		200,000	200,000
Caidreabh Gavin Wallace	Maoineachadh do bhuidheann aoigheil airson caidreabh sgrìobhaidh fad-bliadhna a thoirt do dh'aon sgrìobhaiche airson an obair a leasachadh.		25,000	25,000
Seòmraichean Luchd-ealain	Cruinneachadh de ealain cho-aimsireil eadar-nàiseanta airson taisbeanaidhean a chuirteachadh air feadh Alba.		55,000	55,000
Tursan Tar-Chrìochan	Co-mhaoin le comhairlean ealain na RA a' cur taic ri tursan liriceach mòr-sgèile.		175,000	175,000
Ealain Traidiseanta (tiomnaichte)	Maoin thiomnaichte airson taic do ealain traidiseanta.		35,000	35,000
Plana Ionnsachaidh Cruthachail agus Lionraidhean Ionnsachaidh Cruthachail	Maoin com-pàirteachais le Foghlam Alba airson buileachadh air a' Phlana Ionnsachaidh Chruthachail agus cur taic ri Lionraidhean Ionnsachaidh Cruthachail ann an Ùghdarrasan Ionadail.		150,000	150,000
Leasachadh Ro-innleachdail Ionnsachaidh Chruthachail	Maoineachadh airson taic do bhuileachadh air Ath-sgrùdadh Ionnsachaidh Cruthachail.		80,000	80,000
Eadar-theangachadh Litreachais	Maoin thiomnaichte do Fhoillseachadh Alba a' cur taic ri eadar-theangachadh air litreachas na h-Alba.		30,000	30,000
Leasachadh Gàidhlig	Maoineachadh a' cur taic ri gnìomhachd leasachail Gàidhlig.		90,000	90,000
SCAN	Lìonra stiùirichte leis na buill le dealas a thaobh diùlnachadh agus cur taic ris an roinn ealain cho-aimsireil ann an Alba.		50,000	50,000
Time to Shine	Leasachadh air Ro-innleachd Ealain Òigridh a' gabhail a-steach Buidheann Comhairleachaidh Ealain Òigridh Nàiseanta, Maoin Beathachaidh Tàlaint agus cur ri Bliadhna Dhaoine Òga.		215,000	215,000
Scots Scriever	Com-pàirteachas le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba a' maoineachadh a' chiad Scots Scriever a-riamh.		25,000	25,000
Iomlan		10,667,056	1,380,000	12,047,056

* Maoinean cuibhrichte Riaghaltas na h-Alba airson adhbharan sònraichte.

Maoinean Sgrion

Ainm na Maoin	Adhbhar	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Total (£)
Maoin Sgrion	Còig slighean gu maoineachadh sgrion: <ul style="list-style-type: none"> • Làthaireachd Margaid is Fèis • Maoineachadh Leasachadh Pròiseict Singilte • Maoineachadh Toraidh • Maoineachadh Sgaoilidh is Taisbeanadh • Maoineachadh Leasachaidh Sglèat 		4,050,000	4,050,000
Maoin Fàs Toraidh	Tabhartas neo-ath-bhuannaichte gus cuideachadh le fàs air roinn toraidh sgrion agus buannachd eaconamach dìreach a libhrigeadh do dh'Alba.	500,000	500,000	1,000,000
Lionra Tàlant Film Alba	Prògram air a stiùireadh tro ghnìomhachas a' cur taic ri tàlant dèanamh-film ùr agus tighinn am bàrr (co-mhaoinichte le BFI)		200,000	200,000
Ro-innleachd Film (Leasachadh Tàlant is Sgilean)	Dèiligeadh le prìomhachasan mar tha minichte san ro-innleachd sgrion Alba Chruthachail air Sgrion - 2014-2017, a' cur taic ri ceàird, teicnigeach, sgrìobhadh agus stiùireadh tàlant.		477,000	477,000
Foghlam Film	Brosnachadh luchd-dèanamh fhilmichean agus stiùireadh leasachadh air foghlam film is ìomhaigh ghluasadach anns gach co-theacsa, tro chom-pàirteachasan leithid Acadamaidh Film BFI agus Prògram Ìomhaigh Ghluasadach 5-19.		435,000	435,000
Eòrpa Chruthachail	Deasg Eòrpa Chruthachail a' cur taic ri prògraman Cultarach is Mheadhanan Eòrpa Chruthachail an EU.	100,890		100,890
Goireas Roinn Stòrais	Stèidheachadh seirbheis a bhios a' solarachadh buill Rìochdairean Neo-eisimeileach Alba (IPS) le cothrom air taic is comhairle speisealta gnothachais.		250,000	250,000
Inbheisteadh A-steach	Maoin Recce a' Chomisein Sgrion agus margaideachd Alba gu h-eadar-nàiseanta.		220,000	220,000
Taisbeanadh, Sgaoileadh agus Luchd-èisteachd	Cur taic ri filmichean àrd-chàileachdail taigh-dhealbh.		70,000	70,000
Lionra Ruigsinneachd Film Alba	Prògram air a stiùireadh le Foghlam Sgrion Dhùn Èideann airson leudachadh air ire A de Ealain Ìomhaigh Ghluasadach ann an 2017/18 agus leasachadh air <i>FastForward</i> , fèis film òigridh agus program fad na bliadhna.		200,000	200,000
Iomlan		600,890	6,402,000	7,002,890

Gnìomhachasan Cruthachail

Ainm na Maoin	Adhbhar	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Total (£)
Gnìomhachasan Cruthachail	Libhrigeadh air ro-innleachd nan Gnìomhachasan Cruthachail.		526,000	526,000
Ealain Fhèin	A' dèanamh ceannach ealain furasta fhaotainn agus a cheannach leis a' phoball san fharsaingeachd.		55,000	55,000
Iomlan			581,000	581,000

Ro-innleachd

Ainm na Maoin	Adhbhar	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Total (£)
Co-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltas	Leasachadh ro-innleachdail air luchd-ealain ag obair ann an cùram còmhnaidhgeach; agus ag obair mu thimcheall fhògarraich.		90,000	90,000
Àite, Com-pàirteachsan is Coimhearsnachdan	Mapadh is leasachadh Lionraidhean Cruthachail.		22,600	22,600
Com-pàirteachasan Eadar-nàiseanta agus mòr-thaisbeanaidhean.	Leasachadh air com-pàirteachasan eadar-nàiseanta agus cur taic ri riochdachadh Albannach aig mòr-thaisbeanaidhean eadar-nàiseanta.		344,500	344,500
Duaisean Crannchuir Nàiseanta do na h-uile.	Com-pàirteachas le Maoin Mhòr a' Chrannchuir, a' solarachadh dhuaisean gus cuideachadh le coimhearsnachdan ionadail a leasachadh agus beatha dhaoine as motha feum air.		550,000	550,000
Duaisean Ealain Lèirsinneach is Ciùird.	Maoin thiomnaichte do dh'Ùghdarrasan Ionadail a' solarachadh dhuaisean leasachaidh ealain agus ciùird.		165,000	165,000
Iomlan			1,172,100	1,172,100

Buidhnean Roinne

Ainm na Maoin	Adhbhar	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Total (£)
Caidreachas Theataran Alba Scottish	Buidheann leasachaidh dannsa, opera agus theater proifeiseanta ann an Alba.		210,000	210,000
Oifis Iomairt Chultarach	Taic Iomairt do na Gniomhachasan Cruthachail	163,000*	337,000	500,000
Ealain is Gnothachas Alba	Piob-shruth eadar na roinnean cultarach is gnothachais, a' cuideachadh le dàimhean cruthachail sòisealta agus coimearsalta a neartachadh (a' gabhail a-steach maoinachadh bho Mhaoin Cultai is Gnothachais Alba).	300,000*	200,000	500,000
Poblachd Chultarach	Fiosrachadh luchd-èisteachd, in-sheallaidhean didseatach agus taic conaltraidh margaideachd do bhuidhnean luchd-ealain is cultarach na h-Alba.		350,000	350,000
Carbon Cruthachail Alba	Com-pàirteachas de bhuidhnean ealain ag obair gus cultar a chur aig cridhe Alba sheasmhach.		150,000	150,000
Iomlan		463,000	1,247,000	1,710,000

Other

Ainm na Maoin	Adhbhar	GIA (£)	Crannchur Nàiseanta (£)	Total (£)
Maoin Expo *	Maoineachadh Riaghaltas na h-Alba gus ìomhaigh luchd-ealain Albannach a thogail gu h-eadar-nàiseanta tro adhartachadh air obair Albannach.	2,100,000		2,100,000
Fèisean Dhùn Èideann*	Cur taic ri Fèisean Dhùn Èideann ann an cumail suas agus leasachadh an suidheachadh mar am prìomh bhaile-mòr fhèisean san t-saoghal.	200,000		200,000
Maoin Ro-innleachdail	Maoin do phròiseactan ro-innleachdail.	100,000	30,000	130,000
Prògraman tabhartas dìleib	Gealltanasan pàighidh rim pàigheadh am-bliadhna air prògraman tabhartais eachdraidheil.	16,600	25,000	41,600
Atharrachaidhean air Tabhartas Bliadhna Roimhe	Atharrachadh airson duaisean thabhartasan neo-chleachdte no air an tarraing às.		-750,000	-750,000
Iomlan		2,416,600	-695,000	1,721,600
Caiteachas Cuimsichte Iomlan		14,147,546	10,087,100	24,234,646

* Maoinean cuibhrichte Riaghaltas na h-Alba airson adhbharan sònraichte

Stiùireadh Planadh agus Coileanadh

Tha Frèam-obrach Planaidh is Coileanaidh Alba Chruthachail a' dèanamh cinnteach gu bheil pròiseas fharsaing agus aonaichte air a thogail leis gach pàirt den bhuidheann.

Tha a' chuairt planaidh gar cuideachadh gu adhartas a choileanadh, an t-adhartas sin a thomhas agus dèanamh cinnteach à cunntachalachd airson lìbhrigeadh air na cinn-uidhe a tha mìnichte sa phlana 10-bliadhna againn, ro-innleachdan agus planaichean bliadhnail. Tha seo a' gabhail a-steach an dà chuid tomhasan meudail agus càileachdail, a' cleachdadh sgrùdaidhean cùise, rannsachadh buaidh, dàta air an taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh.

Tha ar Frèam-obrach Stiùireadh Coileanaidh còmhla ris a' chuairt phlanaidh is aithris bhliadhnail, mar mheadhan air ar cuideachadh gu leasachadh leantainneach agus aithris fhollaiseach.

Tha coileanadh Alba Chruthachail mu choinneamh nan cinn-uidhe ro-innleachdail air aithris tron Ath-sgrùdadh Bhliadhnail air Coileanadh a tha air fhoillseachadh san Dùbhlachd às dèidh deireadh gach bliadhna ionmhasail. Tha an t-ath-sgrùdadh Bliadhnail ag aithris cuideachd air co-shìneadh chinn-uidhe ro-innleachdail Alba Chruthachail le Builean Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Leanaidh sinn air adhart a' leasachadh dhòighean nas fheàrr air an luach a thathar a' cur air an obair sin a thomhas, a chàileachd agus a bhuidheann air a' cho-chomann agus mar a tha e a' cur ri eaconamaidh de fhàs in-ghabhaltach.

Tha aithris air ar coileanadh gach bliadhna a' toirt comas dhuinn soirbheachasan no cùisean sònraichte sam bith a chomharrachadh, agus targaidean mu choinneamh an ama ri teachd a stèidheachadh tro dheasbad leis a' Bhòrd againn agus le Riaghaltas na h-Alba.

Coileanadh mu choinneamh ar n-Àrd-amasan

Àrd-amas 1: Gum bi sàr-mhathas is deuchainneadh tarsainn nan gnìomhachasan ealain, sgrion is cruthachail uile, aithnichte agus luachaichte.

Comharradh Coileanaidh	Tomhas	Stòr(an)	Bun-loidhne 2015/16
1.1 An àireamh de dhaoine fa leth agus de bhuidhnean air feadh Alba a' faotainn taic gus obair àrd-chàileachdail a leasachadh agus a riochdachadh.	An àireamh agus luach dhuaisean maoinreachaidh Alba Chruthachail – a thaobh buidheann / neach fa leth / seòrsa gnìomhachd a tha maoinichte / ciad cruth ealain agus àite cruinn-eòlach.	Dàta obrachaidhean maoinreachaidh Alba Chruthachail.	Ann an 2015/16, chuir sinn taic ri 118 Buidheann Maoinichte Cunbhalach (RFOan) gus taic a chur ri prìomh chosgaisean ruith, am prògraman obrach a libhrigeadh, an conaltradh leis a' phoball a dhoimhneachadh agus an lionraidhean proifeiseanta a leudachadh. Thug sinn seachad 567 duais tro Mhaoineachadh Phròiseactan Fosgailte agus 443 duais tro mhaoinreachadh Cuimsichte ann an 2015/16.
1.2 An àireamh de thachartasan àrd-chàileachdail air feadh Alba a' faotainn taic.	An àireamh de choileanaidhean, sgrionaidhean agus fhoillseachain air an libhrigeadh tro Mhaoineachadh Alba Chruthachail, a thaobh cruth ealain agus àite cruinn-eòlasach.	Suirbhidh Staitistearachd Bhliadhnail air Buidhnean Maoinichte Cunbhalach. Sgrùdadh deireadh pròiseict Maoin Phròiseactan Fosgailte.	Dh'aithris Buidhnean Maoinichte Cunbhalach gun do libhrig iad 96,653 tachartas poblach ann an 2015/16, a' gabhail a-steach 63,402 coileanadh, 590 taisbeanadh agus 25,370 sgrionadh. Tha na 331 tilleadh deireadh-pròiseict a fhuair a' choinneamh dhuaisean ann an 2015/16 a' clàradh 6,581 tachartas poblach eile.

Àrd-amas 2: Faodaidh gach neach cothrom fhaotainn air eòlasan ealanta is cruthachail, agus tlachd a ghabhail asta.

Comharradh Coileanaidh	Tomhas	Stòr(an)	Bun-loidhne 2015/16
2.1 An ìre de chonaltradh cultarach air feadh Alba.	An àireamh sa cheud de dh'ìnbhich a' dol an sàs ann an ealain is cultar air feadh Alba – a rèir na seòrsa gnìomhachd chultaraich agus tricead a' chom-pàirteachaidh.	Suirbhidh Teaghlaich Alba	Lorg Suirbhidh Teaghlaich na h-Alba 2015 gun robh 91.9% de dh' ìnbhich an sàs ann an cultar ann an 2015, le bhith gam frithealadh no tadhal air tachartas no àite tachartais, no com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chultarach sna 12 mìosan roimhe sin.
2.2 An àireamh de chothroman airson conaltradh cultarach do chlann agus do dhaoine òga.	An àireamh de chloinn agus de dhaoine òga an sàs ann an gnìomhachd maoinichte le Alba Chruthachail, a' gabhail a-steach prògraman Ionnsachaidh Chruthachail.	Dàta Obrachaidhean maoineachaidh Alba Chruthachail. Luachadh leantainneach air YMI, Ais-airgead agus Time to Shine	Ann an 2015/16 libhrig 118 RFOan Alba Chruthachail 71,302 tachartas foghlaim is for-ruigheachd, a' solarachadh còrr air 1.62 millean cothrom airson com-pàirteachadh. Tha Alba Chruthachail cuideachd a' stiùireadh air Time to Shine, an Iomairt Ciùil Òigridh agus Ais-airgead do Chruthachalachd; le chèile, bha na prògraman sin an sàs le còrr air 307,000 neach òg ann an 2015/16.
2.3 Tomhas iomadachd obrach air a riochdachadh ann an Alba.	An àireamh, luach agus seòrsa obrach a tha cuimsichte air luchd-ealain agus/no luchd-èisteachd air am mineachadh taobh a-staigh ro-innleachd EDI Alba Chruthachail. (Builean is Plana Gnìomha EDI).	Suirbhidh Staitistearachd Bhliadhnail RFO air Buidhnean Maoinichte Cunbhalach. Sgrùdadh deireadh-pròiseict Maoin Phròiseactan Fosgailte.	Chan eil bun-loidhne làithreach ann. Bidh 2017/18 mar a' bhliadhna bun-loidhne.

Àrd-amas 3: Tha àiteachan is càileachd beatha air an cruth-atharrachadh tro mhac-meanmhainn, glòir-mhiann agus tuigse do chomas cruthachalachd.

Comharradh Coileanaidh	Tomhas	Stòr(an)	Bun-loidhne 2015/16
3.1 Tuigse a' phobaill do chruthachalachd nàiseanta agus ionadail.	Diofar % eadar an aonta gu bheil 'Alba na nàisean chruthachail' agus an aonta % gu bheil 'm' àite ionadail na àite cruthachail'.	Suirbhidh omnibus bhliadhnail Alba Chruthachail.	Ann an 2015, dh'innis 88% luchd-freagairt na suirbhidh omnibus dhuinn gun robh iad den bheachd gur e nàisean chruthachail a th' ann an Alba. Ach bha nas lugha na dà thrìan (60%), den bheachd gur e àite cruthachail a tha nan àite ionadail.
3.2 Tuigse phoblach do luach na tairgse chultaraich ionadail.	% de dhaoine ag aontachadh gun cailleadh daoine nì de luach nan àite ionadail nan cailleadh an t-àite a ghnìomhachdan ealain is cultarach.	Suirbhidh omnibus bhliadhnail Alba Chruthachail.	Ann an 2015, dh'aontaich 71% luchd-freagairt na suirbhidh omnibus gun cailleadh daoine nan àite ionadail nì de luach nan cailleadh an t-àite a ghnìomhachdan ealain is cultarach.

Àrd-amas 4: Tha beachd-smuaintean air an toirt beò le ceannardas is sgioba-obrach a tha eadar-mheasgte, sgileil agus ceangailte.

Comharradh Coileanaidh	Tomhas	Stòr(an)	Bun-loidhne 2015/16
4.1 An àireamh de chothroman leasachaidh proifeiseanta, a' gabhail a-steach cothroman cosnaidh òigridh.	An àireamh de chothroman leasachaidh proifeiseanta a' faotainn taic bho mhaoineachadh Alba Chruthachail, a' gabhail a-steach tro chothroman cosnaidh òigridh.	Dàta thagraidhean maoineachaidh Alba Chruthachail, tillidhean bliadhnaile agus sgrùdadh deireadh pròiseict.	Ann an tillidhean ar Suirbhuidh Staitistearachd Bhliadhnaile 2015/16, dh'aithris RFOan gun do dh'eagraich iad 14,331 tachartas, a' cur taic ri luchd-ealain, leasachadh ealanta no trèanadh proifeiseanta, a' tarraing còrr air 44,869 com-pàirtiche. Choimisein iad 1,285 neach-ealain is neachd-cleachdaidh cruthachail airson obair ùr a chruthachadh, lìbhrig iad 996 còmhnaidheachd agus sholaraidh iad taic stuthail do 4,242 neach-ealain is neach-cleachdaidh cruthachail eile. Ann an 2015/16, bhuilich Alba Chruthachail 145 duais tro Mhaoineachadh Phròiseactan Fosgailte mar thaic do chothroman trèanadh ceannardais, leasachadh proifeiseanta agus greisean gnìomhachais. Chaidh 25 duais eile a bhuileachadh (gu luach £990k) tro shlighean cuimsichte mar thaic do leasachadh proifeiseanta. Tha anailis air na tillidhean bhon t-Suirbhuidh Staitistearachd Bhliadhnaile cuideachd a' taisbeanadh gun do dh'fhastaidh RFOan còmhla còrr air 408 neach òg tro iomairtean cosnaidh òigridh, ann an coimeas ri 352 ann an 2014/15.
4.2 Raon de shruthan teachd-a-steach air an inntrigeadh le buidhnean maoineachaidh.	An àireamh, luach agus seòrsa shruthan teachd-a-steach aig Buidhnean Maoinichte Cunbhalach, a' gabhail a-steach teachd-a-steach cosnaichte agus buileachadh saor-thoileach.	Suirbhuidh Staitistearachd Bhliadhnaile RFO Alba.	Tharraing RFOan air raon de stòran teachd-a-steach a bharrachd ann an 2015/16, gu iomlan de £109m. Bha seo a' gabhail a-steach £4.1m ann an tabhartasan, tiodhlacan agus dileaban agus £6.3m bho Urrasan is Stèidheachdan. Dh'aithris buidhnean £68.7m gu h-iomlan ann an teachd-a-steach cosnaichte.

Àrd-amas 5: Tha Alba na nàisean sònraichte ceangailte ris an t-saoghal

Comharradh Coileanaidh	Tomhas	Stòr(an)	Bun-loidhne 2015/16
5.1 An àireamh de chothroman conaltraidh eadar-nàiseanta le taic bho mhaoineachadh Alba Chruthachail.	An àireamh agus luach duaisean maoineachaidh Alba Chruthachail le cuimse air iomlaid agus mòr-thaisbeanadh eadar-nàiseanta.	Dàta obrachaidhean maoineachaidh Alba Chruthachail. Suirbhidh Staitistearachd Bhliadhna RFO Alba Chruthachail.	Ann an 2015/16, chaidh Buidhnean Maoinichte Cunbhalach air chuairt gu 85 ionad-cruinneachaidh eadar-nàiseanta tarsainn na Roinn Eòrpa, Astràilia, Àisia agus Aimeireaga a Tuath. A thuilleadh air an sin, chuir ar prògraman maoineachaidh airson 2015/6 taic ri 131 duais, a' comasachadh iomlaid eadar-nàiseanta tro Mhaoineachadh Phròiseactan Fosgailte, le luach iomlan de £1.3m. Bhuilich sinn cuideachd 51 duais a bha gu sònraichte a' cur taic ri mòr-thaisbeanadh air obair eadar-nàiseanta ann an Alba, gu luach £1.1m. Ann an 2014/15, chuir ar prògraman maoineachaidh taic ri 94 duais, a' comasachadh iomlaid eadar-nàiseanta agus leasachadh cruthachail, le duais iomlan de £1.8m agus 66 duais a chuir taic gu sònraichte ri mòr-thaisbeanadh air obair eadar-nàiseanta ann an Alba, gu luach £2.3m.
5.2 Tuigse eadar-nàiseanta do thairgse chultach na h-Alba.	% de bheachdan deimhinneach a thaobh cultar na h-Alba, mar a chaidh a thomhas le indeacs brannd nàiseanta.	Indeacs Brannd Nàisein Anholt-GFK Roper.	Bha sgòr iomlan na h-Alba air an NBI 61.8 ann an 2014 (an aithisg fhoillsichte dheireannach), beagan an-àird bho 60.1 ann an 2012. Tha an sgòr air meudachadh beagan bhon sgòr bun-loidhne de 60.2 (2008) agus a' suidheachadh Alba anns an 17mh àite tarsainn 50 dùthaich luachaichte. Mheudaich an taobh Cultair den tomhas NBI bho 4.4 ann an 2012 gu 4.5 ann an 2014.

Coileanadh Obrachaidh Alba Chruthachail

Comharradh Coileanaidh	Tomhas	Stòr(an)	Bun-loidhne 2015/16
6.1 Riarachaidhean le seirbheisean Alba Chruthachail.	% de thagraichean maoinichaidh san t-suirbhidh ag aithris eadar-obrachadh deimhinneach le Alba Chruthachail.	Suirbhidh Luchd-ùidhe 6-mìosan Alba Chruthachail.	Ann an suirbhidh sa Mhàrt 2016, bha 88% de luchd-freagairt riarachaidhean le conaltraidhean le Alba Chruthachail. San t-suirbhidh seo, rangaich 66% am pròiseas tagraidh gu bhith math, glè mhath no sàr-mhath.
6.2 Èifeachdas ann an rianachd maoinichaidh Alba Chruthachail.	% de thagraidhean air an giùllachd taobh a-staigh an raoin-ama fhoillsichte, a' gabhail a-steach pàighidhean duaise.	Dàta obrachaidhean maoinichaidh Alba Chruthachail.	Ann an 2015/16, fhuair sinn agus ghiullaich sinn 1,857 tagradh gu ar prògram Maoinichaidh Phròiseactan Fosgailte. Gu h-iomlan, chaidh 79% de thagraidhean gu Maoin Phròiseactan Fosgailte a ghiullachd taobh a-staigh an raoin-ama chomharrachaidhean. Chan eil bun-loidhne làithreach don tomhas seo. Bidh a' bhliadhna bun-loidhne ann an 2016/17.
6.3 Maoinichadh do ghnìomhachasan ealain, sgrion agus cruthachail air obrachadh tro chom-pàirteachasan ro-innleachdail Alba Chruthachail.	Luach agus stòr maoinichaidh a bharrachd air inntrigeadh mar thoradh air com-pàirteachasan Alba Chruthachail.	Dàta obrachaidhean maoinichaidh Alba Chruthachail.	Ann an 2015/16, fhuair ar com-pàirteachasan ro-innleachdail còrr air £5.08m de mhaoineachadh obrachaidh.
6.4 Ìre conaltraidh is riarachais luchd-obrach.	% de luchd-obrach ag aontachadh gur e àite math airson obair ann a th' ann an Alba Chruthachail.	Suirbhidh Luchd-obrach Alba Chruthachail.	Lorg ar suirbhidh luchd-obrach 2015 (an suirbhidh dheireannach) gum moladh 61% den luchd-obrach Alba Chruthachail mar àite math airson obair ann.

Lìbhrigeadh Bhuilean Nàiseanta

Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil (NDPB) gnìomha de Riaghaltas na h-Alba a th' ann an Alba Chruthachail. Is e Buidheann-stiùiridh Cultair, Turasachd is Prìomh Thachartasan ar roinn urrasachd san Riaghaltas – ach tha sinn cuideachd ag obair tarsainn an raoin de phoileasaidh poblach, a' gabhail a-steach iomairt, turasachd, foghlam, ceartas, slàinte agus an àrainneachd. Tha aig na seirbheisean poblach uile ann an Alba co-shìneadh ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta (NPF) gus taic a chur ri lìbhrigeadh air Adhbhar Riaghaltas na h-Alba, agus 's e sin:

Seirbheisean poblach agus an Riaghaltais a chuireadh air dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothroman soirbheachaidh do dh'Alba air fad tro mheudachadh air fàs eaconamach seasmhach.

Tha an NPF a' mìneachadh 16 Bhuilean Nàiseanta a' toirt iomradh air na tha an Riaghaltas airson a choileanadh thar nan 10 bliadhna a tha romhainn. Bidh Alba Chruthachail a' sgrùdadh ar coileanaidh mu choinneamh seachd Bhuilean Nàiseanta, mar a leanas:

Builean Nàiseanta

N02

Tha sinn a' coileanadh ar làn chomais eaconamach le barrachd chothroman cosnaidh agus cothroman cosnaidh nas fheàrr do ar daoine.

N03

Tha sinn air ar n-oideachadh nas fheàrr, nas sgileil agus nas soirbheachail, agus ainmeil airson ar rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh.

N04

Tha ar daoine òga nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nan daoine misneachail, nan com-pàirtichean èifeachdach agus nan saoranaich earbsach.

N07

Tha sinn air dèiligeadh leis na co-ionannachdan cudromach sa cho-chomann.

N013

Tha sinn a' gabhail uail à dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus in-ghabhalach.

N014

Tha sinn a' lùghdachadh buaidh àrainneachdail ionadail is cruinneil ar caitheimh agus ar toraidh.

N016

Tha ar seirbheisean poblach àrd-chàileachdail, gu leantainneach a' leasachadh, èifeachdach agus freagairteach do fheumalachdan ionadail.

Ged a tha ar n-obair làithreach co-cheangailte gu h-àraid ris na Builean Nàiseanta sin, tha sinn a' cur ris na 16 uile gu ìre bheag no mhòr. Cumaidh luachadh pròiseict air adhart a' solarachadh fianais air buaidh ann an raointean eile – mar eisimpleir, air Ealain is Ceartas agus Slàinte is Sunnd.

Tha 55 Comharra Nàiseanta a' tracadh adhartas a dh'ionnsaigh an Adhbhair agus nam Builean Nàiseanta. Tha Alba Chruthachail na chom-pàirtiche ainmichte airson libhrigeadh mu choinneamh a dhà de na Comharran sin, mar a chithear gu h-ìosal:

Comharra Nàiseanta	Measures in support
Meudachadh Conaltradh Cultarach	com-pàirteachadh cultarach agus làthaireachd tro Shuirbhidh Teaghlach na h-Alba.
Leasachadh Cliù Alba	sgòr iomlan Alba air Indeacs Bhrannan Nàisein Anholt-GfK Roper

Bidh sinn cuideachd ag aithris air:

Tha aig NDPBan ri aithris adhartais a dhèanamh mu choinneamh dùilean an Riaghaltais. Tha seo a' gabhail a-steach adhartas air ath-leasachadh na roinne poblaich, seirbheisean co-roinnte, casg air foill, cosnadh òigridh agus tuarastal cothromach.

Tha dleastanas oirnn aithris gach dàrnach bliadhna air 'Prìomh-shruthadh Cho-ionannachdan', gus builean co-ionannachd fhoillseachadh agus aithris air adhartas bhuidhnean co-ionannachd agus daoine bho chùl-raointean nas bochda.

Bidh sinn ag aithris air adhartas mu choinneamh nan dealasan a rinn sinn nar Plana Gàidhlig, a chaidh fhoillseachadh ann an 2012-13 (agus air ath-ùrachadh ann an 2017).









Feumaidh sinn aithris gach bliadhna air ar cunntasan sgrùdaichte a thaobh an dà chuid maoinean an Tabhartas Cuideachaidh agus a' Chrannchuir Nàiseanta RA, agus aithisg sgrùdaidh dheimhinneach fhaotainn anns na cunntasan reachdail is smachdan ionmhasail freagarrach a bhith againn do dh'aithisg bhliadhnail an in-sgrùdaidh.

Bidh sinn cuideachd ag aithris air Prìomh Chomharran Coileanaidh solair air bunait mhiosail do Riaghaltas na h-Alba.

Feumaidh sinn dèanamh cinnteach à luach an airgid don luchd-pàighidh chìsean, a' coileanadh eaconamaidh, èifeachdas is buadhachd nar gnìomhachdan obrachaidh uile.

Tha sinn gu làithreach an sàs ann an cruthachadh frèam-obrach gus a bhith comasach air aithris mu choinneamh ar gealltanasan a thaobh seasmhachd àrainneachdail, a' gabhail a-steach solarachadh air Aithisg Sheasmhachd na Roinne Poblaich mar a tha riatanach fon Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba) 2009. Tha sinn dealasach a thaobh cuideachadh a thoirt dhaibhsan a tha sinn a' maoineachadh agus ar com-pàirtichean, ann an leasachadh coileanadh air seasmhachd àrainneachdail.

Co-thaobhadh Cinn-uidhe Ro-innleachdail Alba Chruthachail leis na Builean Nàiseanta

Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba 1¹	Miannan-adhartais Ro-innleachdail Alba Chruthachail	
	Tha sàr-mhathas is deuchainneachd tarsainn ghnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ga aithneachadh agus ga luach	Faodaidh gach neach cothrom fhaighinn air agus tlachd a ghabhail à eòlasan cruthachail is ealanta
Buil Nàiseanta 2 Tha sinn a' tuigsinn ar làn chomais eaconamach le barrachd cothroman cosnaidh nas fheàrr do na daoine againn		
Buil Nàiseanta 3 Tha sinn air ar n-oideachadh nas fheàrr, nas sgileil agus nas soirbheachail, ainmeil airson ar rannsachadh agus ùrghnàthachadh		
Buil Nàiseanta 4 Tha na daoine òga againn nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nan daoine misneachail, nan compàirtichean èifeachdach agus nan saoranaich earbsach		
Buil Nàiseanta 7 Tha sinn air dèiligeadh leis na neo-ionannachdan cudromach ann an comann-sòisealta na h-Alba		
Buil Nàiseanta 13 Tha sinn a' dèanamh uail à dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus inghabhalach		
Buil Nàiseanta 14 Tha sinn a' lùghdachadh buaidh àrainneachdail ionadail is cruinneil ar caitheamh agus ar dèanamh		
Buil Nàiseanta 16 Tha ar seirbheisean poblach àrd-ghnèitheil, daonnan a' leasachadh, èifeachdach agus freagairteach do fheumalachdan dhaoine ionadail		

¹ <http://www.scotland.gov.uk/About/Performance/scotPerforms/outcome>

Tha àiteachan agus càileachd beatha air an cruth-atharrachadh tro mhac-mheanmhainn, glòirmhiann agus tuigse do chomas cruthachalachd



Tha beachdan air an toirt beò tro cheannardas agus sgioba-obrach a tha eadarmheasgte, sgileil agus cocheangailte



Is e nàisean chruthachail shònraichte a th' ann an Alba, ceangailte ris an t-saoghal





ALBA | CHRUTHACHAIL

Geata Waverley,
2-4 Rathad Bhatarlu,
Dùn Èideann, EH1 3EG,
Alba RA

Alba Chruthachail,
An Taigh-solais,
Caolshràid Mitchell,
Glaschu, G1 3NU,
Alba RA

Fàilteachadh +44 (0) 330 333 2000
Ceistean +44 (0) 845 603 6000
enquiries@albachruthachail.com

www.albachruthachail.com

[@creativescots](https://twitter.com/creativescots)

ISBN: 978 1 85119 215 1
Giblean 2017

A' Toirt Seachad Maoin Bhon / Awarding funds from
 **AN CRANNCHUR NÀISEANTA**
THE NATIONAL LOTTERY®